

A young child with blonde hair and a red jacket is smiling. The child is the central focus of the image, with a soft, natural background. The text is overlaid on the lower half of the image, enclosed in a red rectangular border.

**DREACHD PLANA  
NÀISEANTA  
NA GÀIDHLIG**

**2023-28**

DRAFT NATIONAL GAELIC LANGUAGE PLAN 2023-28

**DREACHD PLANA  
NÀISEANTA  
NA GÀIDHLIG**

**2023-28**

**DRAFT NATIONAL GAELIC LANGUAGE PLAN 2023-28**

## FIOSRACHADH MUN CHO-CHOMHAIRLEACHADH

Tha an co-chomhairleachadh poblach seo fo Earrann 2 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (an Achd) a' foillseachadh an dreachd den cheathramh Plana Nàiseanta na Gàidhlig airson beachdachadh air agus beachdan a thoirt seachad.

Thathar a' cur fàilte air freagairtean. Thèid beachdachadh orra uile agus fiosraichidh iad an ath eagan den Phlana a thèid a chur gu Ministearan na h-Alba airson an aonta.

Bho 27 Giblean 2022, tha an dreachd de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig airson 2023-2028 air fhoillseachadh air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig aig [www.gaidhlig.scot/gd](http://www.gaidhlig.scot/gd)

Thèid tachartasan co-chomhairleachaidh a chumail air feadh Alba, agus air-loidhne, far am faighear cothrom freagairtean agus beachdan a thogail. Gheibhear tuilleadh fiosrachadh mu na tachartasan aig [www.facebook.com/PlanaGaidhlig](http://www.facebook.com/PlanaGaidhlig)

Thathar a' cur fàilte air freagairtean bho dhaoine no buidhnean, no buidhnean ad hoc de dhaoine no buidhnean.

Bu chòir freagairtean a chur sa chiad dol a-mach gu:

[www.smartsurvey.co.uk/s/PlanaGaidhlig](http://www.smartsurvey.co.uk/s/PlanaGaidhlig)

no air post-dealain:  
[plana@astarmedia.scot](mailto:plana@astarmedia.scot);

no ann an litir:

Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-2028  
Astar Media  
56 Rathad Shìophoirt  
Steòrnabhagh  
HS1 2SD

**THIG AN CO-CHOMHAIRLEACHADH GU CEANN AIG 5F AIR 26 IUCHAIR 2022.**

## INTRODUCTION TO THE CONSULTATION

This public consultation under Section 2 of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 (the Act) introduces the draft of the fourth National Gaelic Language Plan for consideration and comment.

Responses are invited, all will be considered, and these will inform the next iteration of the Plan which will be submitted to the Scottish Ministers for their approval.

As of 27<sup>th</sup> April 2022, the draft National Gaelic Language Plan 2023-2028 has been made available on the Bòrd na Gàidhlig website at [www.gaidhlig.scot/en](http://www.gaidhlig.scot/en)

Consultation events will be held across Scotland, and online, for the public to offer their feedback. Find out more about the schedule of events at [www.facebook.com/PlanaGaidhlig](http://www.facebook.com/PlanaGaidhlig)

Responses are welcome from individuals or organisations or ad hoc groupings of either are invited.

We encourage responses to be made in the first instance through:

[www.smartsurvey.co.uk/s/PlanaGaidhlig](http://www.smartsurvey.co.uk/s/PlanaGaidhlig)

or by email:  
[plana@astarmedia.scot](mailto:plana@astarmedia.scot);

or by letter;

National Gaelic Language Plan 2023-2028  
Astar Media  
56 Seaforth Road  
Stornoway  
HS1 2SD

**THE CONSULTATION PERIOD WILL CLOSE AT 5PM ON 26<sup>TH</sup> JULY 2022.**

# CLÀR-INNSE / CONTENTS

<b>RO-RÀDH DHAN CHO-CHOMHAIRLE</b> Introduction To The Consultation	<b>1</b>
<b>AN LÈIRSINN AIRSON 2023-2028</b> The Vision for 2023-2028	<b>3</b>
<b>PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG 2023-28</b> National Gaelic Language Plan 2023-28	<b>5</b>
<b>CÒ DHA A THA AM PLANA SEO?</b> Who is this Plan for?	<b>6</b>
Àrd-amasan airson 2028 / Ambitions for 2028	6
Targaidean airson 2028 / Targets for 2028	7
<b>AMASAN</b> Aims	<b>8</b>
Cuir ri cleachdadh na Gàidhlig / Increase the use of Gaelic	8
Cuir ri ionnsachadh na Gàidhlig / Increase the learning of Gaelic	11
<b>RAOINTEAN OBRACH AGUS GNÌOMHAN</b> Areas of Activity and Actions	<b>13</b>
1. Coimhearsnachdan / Communities	14
2. Dachaigh / Home	16
3. Meadhanan, Ealainean, Cultar, Dualchas / Media, Arts, Culture, Heritage	18
4. Gnìomhachas agus an Eaconamaidh / Business and the Economy	20
5. Ùghdarrasan Poblach / Public Authorities	22
6. Dachaigh / Home	25
7. Sgoil / School	28
8. Foghlam às dèidh na sgoile / Post-school	30
<b>CO-THEACSA A' PHLANA SEO</b> Context for this Plan	<b>33</b>
Am Prògram Riaghlaidh / Programme for Government	34
Goireasan rim faighinn / Resources available	38
<b>CO-CHOMHAIRLE AIR A' PHLANA NÀISEANTA</b> National Plan Consultation	<b>39</b>
<b>CEISTEAN CO-CHOMHAIRLEACHAIDH</b> Consultation Questions	<b>41</b>

# AN LÈIRSINN AIRSON 2023-2028

Tha a' Ghàidhlig mar phàirt de dhualchas na h-Alba agus buinidh i ris a h-uile duine. Tha i mar-thà a' beartachadh beatha làitheil muinntir na h-Alba agus dhaoine nas fhaide air falbh. Tha i a' cruthachadh bhuannachdan, an dà chuid sòisealta agus eaconamach, agus a' cur ri sunnd airson luchd-cleachdaidh, luchd-ionnsachaidh agus luchd-taic, air feadh na h-Alba agus gu h-eadar-nàiseanta. Thathar an dùil gun tèid na buannachdan uile seo a leudachadh tron Phlana seo agus gun urrainn do bharrachd dhaoine a dhol an sàs leis a' chànan. Tha na tha an dàn dhan chànan san àm ri teachd an eisimeil daoine a bhith dealasach dhan Ghàidhlig agus a bhith comasach air a cleachdadh.

Togaidh am Plana seo air soirbheachas nam Planaichean a bh' ann roimhe agus cuiridh e aghaidh cuideachd air na dùbhlain a bh' ann bho chionn ghoirid agus ann an eachdraidh na Gàidhlig. Bidh soirbheas a' Phlana a rèir na h-ìre de dhealas, co-obrachadh, tasgadh agus de ghnìomhachd a thèid a choileanadh.



# THE VISION FOR 2023-2028

Gaelic is part of the heritage of Scotland and belongs to everyone. It already enriches the daily lives of the people of Scotland and beyond. It creates benefits, both social and economic, and increases wellbeing for Gaelic users, learners and supporters, across Scotland and internationally. It is envisaged that through this Plan, all these benefits will be increased and more people can engage with the language. The future of the language depends on people committing to and being able to use Gaelic.

This Plan will build on the successes of previous Plans and also address the challenges of recent times and Gaelic's history. The Plan will be as successful as the commitment, collaboration, investment and action achieved.



# PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG 2023-28

Cuiridh an sgrìobhainn ri mothachadh air a' Ghàidhlig agus tha i cuideachd a' coileanadh riatanas ann an Achd na Gàidhlig 2005. Is e fòcas a' Phlana Nàiseanta na bhith a' libhrigeadh feumalachdan agus prìomhachasan na Gàidhlig, a luchd-labhairt, a luchd-ionnsachaidh agus nan daoine aig a bheil ùidh innte.

Tha am plana mar bhunait dhan àrd-amas aig Riaghaltas na h-Alba àrdachadh fhaicinn ann an àireamh nan daoine a tha a' bruidhinn, ag ionnsachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba.

Tha e a' mìneachadh prìomh raointean leasachaidh agus nan co-theacsan aca. Ma tha am Plana gu bhith èifeachdach, feumaidh luchd-ùidh ann an raon farsaing de dh'ùghdarrasan, buidhnean, coimhearsnachdan, agus daoine fa leth ceuman a ghabhail gus an cànan a leasachadh agus a bhrosnachadh.

Tha an dreach cho-chomhairleachaidh, aig an ìre seo air a structaradh timcheall air Amasan, Raointean Obrach agus Gnìomhan. Mar sin:

- bhiodh ionnsachadh na Gàidhlig na amas
- bhiodh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig na raon obrach
- agus bhiodh toirt seachad ghoireasan do luchd-teagaisg na gnìomh.

Tha ceist sa cho-chomhairle seo a' coimhead air amasan, raointean obrach agus gnìomhan agus a' faighneachd a bheil iad iomchaidh. Chuirear fàilte air beachdan air seo.

'S e seo an ceathramh Plana Nàiseanta bho chaidh Plana Nàiseanta na Gàidhlig aontachadh ann an 2005. Tha gach Plana a' togail air adhartas a rinneadh sna planaichean mu dheireadh agus tha e air a sgrìobhadh gu sònraichte airson an t-suidheachaidh làithreach.

Chaidh farsaingeachd de chòmhradh agus co-chomhairlean a chumail mar-thà ann an deasachadh a' phlana seo. Bha seo a' gabhail a-steach buidhnean fòcais, ceisteachain agus tha na toraidhean bhupa air buaidh a thoirt air cumadh a' Phlana seo gu h-ìosal.

# NATIONAL GAELIC LANGUAGE PLAN 2023-28

This document will draw attention to the Gaelic language and fulfils a requirement of the 2005 Gaelic Act. The focus of the National Plan is to deliver the needs and priorities of the Gaelic language, its speakers, learners, and those interested in it.

The Plan underpins the Scottish Government's ambition to see an increase in the numbers of people speaking, learning, and using Gaelic in Scotland.

It sets out the priority areas for development and their contexts. For the Plan to be effective, it requires stakeholders across a wide range of authorities, organisations, communities and individuals to take steps to develop and promote the language.

This consultation draft, at this stage, is structured around Aims, Areas of Activity and Actions. So:

- the learning of Gaelic would be an aim
- Gaelic medium education would be an area of activity
- and the provision of resources for teachers would be an action.

A question in this consultation refers to aims, areas of activity and actions and whether they are appropriate. Views will be welcome on this.

This will be the fourth National Plan since the Gaelic Language (Scotland) Act was passed in 2005. Each consecutive Plan builds on previous progress and is tailored to its circumstances.

In preparing this draft, a wide range of conversations and consultations have already taken place. These included meetings, focus groups and questionnaires and the outputs of these shape the Plan set out below.

# CÒ DHA A THA AM PLANA SEO?

Tha am Plana dhan a h-uile duine aig a bheil ùidh sa Ghàidhlig agus e a' mìneachadh nam prìomhachasan a tha a dhìth gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig nas treasa ann an Alba san àm ri teachd, agus tha e na bhunait airson co-aonta agus obair com-pàirteachais. Tha am Plana Nàiseanta a' toirt dhuinn àrd-phrìomhachasan airson gnìomh agus airson tasgadh. Tha e a' cur air adhart nan slighean airson leasachadh agus adhartachadh a' chànain.

Tha e airson buidhnean aig a bheil poileasaidhean is prògraman a tha a' gabhail a-steach na Gàidhlig bho bhuidhnean nàiseanta gu buidhnean coimhearsnachd, agus tha e a' toirt seachd prìomhachasan ris an urrainn dhaibh taic a chumail.

Tha e cuideachd airson nam buidhnean is ùghdarrasan sa h-uile àite a tha a' frithealadh coimhearsnachdan eadar-mheasgte na h-Alba agus aig a bheil planaichean Gàidhlig no a tha a' deasachadh plana Gàidhlig aig an àm seo. Tha Planaichean Gàidhlig air an deasachadh le Ùghdarrasan Poblach agus tha iad a' mìneachadh na nì a' bhuidheann sin gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a brosnachadh taobh a-staigh na buidhne aca, agus leis a' bhuidhinn aca, agus dè na seirbheisean a bhios iad a' toirt seachd tron Ghàidhlig. Tha seo gu sònraichte fìor airson buidhnean aig a bheil dleasan a thaobh a bhith a' dèanamh obair leasachaidh anns na h-eileanan agus sgìrean dùthchail anns a bheil coimhearsnachdan Gàidhlig.

## Àrd-amasan airson 2028

Tha na leanas nan àrd-amasan a tha an eisimeil a h-uile buidheann agus coimhearsnachd air feadh na h-Alba a bhith a' gabhail ri amasan a' Phlana Nàiseanta. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdadh maoinachadh a th' ann mar-thà ann an dòigh nas soirbheachaile gus taic a chumail dhan Ghàidhlig, gus goireasan ùra a thoirt seachd gus cothroman ùra a chruthachadh agus gus atharrachadh mòr a thoirt san fharsaingeachd air an dòigh sa bheil sinn uile a' smaoinachadh mun Ghàidhlig.

*Cuir ris an àireamh de cho-ionadan ionadail is didseatach air feadh na h-Alba a tha a' faighinn taic gus an tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh gu cunbhalach bho 27<sup>1</sup> ann an 2021 gu 50.*

*Tha e comasach dhan a h-uile duine cothrom fhaighinn air, agus tlachd fhaighinn à, ealainean is cultar na Gàidhlig gu pearsanta agus air-loidhne*

<sup>1</sup>Oifigearan Gàidhlig (gun a bhith a' gabhail a-steach oifigearan Iomairtean aig Comunn na Gàidhlig, Comann nam Pàrant agus CALA)

# WHO IS THIS PLAN FOR?

The Plan is for all who have an interest in Gaelic as it sets out the priorities needed to ensure a stronger future for Gaelic in Scotland and provides the basis for consensus and partnership working. The National Plan provides over-arching priorities for action and investment. It sets out the routes for developing and progressing the language.

It is for organisations that have policies and programmes that include Gaelic, from national bodies to community groups, and provides priorities which they can support.

It is also for those bodies and authorities everywhere who serve Scotland's varying communities and have Gaelic language plans or are in the process of preparing one. Gaelic plans are prepared by public authorities and set out what that body will do to ensure that Gaelic is promoted within and by their organisation and their services offered through the medium of Gaelic. This is particularly so for those bodies which have roles in developing the islands and rural areas with communities of Gaelic speakers.

## Ambitions for 2028

The following are ambitions which are dependent on all organisations and communities across Scotland committing to the objectives in the National Plan. This will entail using existing funding more successfully to support Gaelic, the provision of new resources to develop new opportunities and overall a significant change in the way we all think about Gaelic.

*Increase the number of local and digital hubs across Scotland which are supported so that Gaelic is used regularly from 27<sup>1</sup> in 2021 to 50.*

*Everybody in Scotland is able to access and enjoy Gaelic arts and culture in person and online*

<sup>1</sup>Gaelic officers (excluding Comann na Gàidhlig Iomairtean, Comann nam Pàrant and CALA officers)



*Ruigidh na meadhanan Gàidhlig millean duine gach seachdain agus cumaidh e taic ri suas ri 250,000 luchd-labhairt ùra na Gàidhlig<sup>2</sup>*

*Gaelic media will reach 1 million people a week and support up to 250,000 new users of Gaelic<sup>2</sup>*

*Tha an fharsaingeachd de sheirbheisean a bheir ùghdarrasan poblach seachad tron Ghàidhlig air leudachadh gu mòr.*

*The range of services provided by public authorities through the medium of Gaelic has increased substantially*

*Tha a' Ghàidhlig air a h-àbhaisteachadh san dachaigh, gu sòisealta agus san àite-obrach air feadh na dùthcha.*

*Gaelic is normalised as a language in the home, socially and in the workplace across the country*

*Bidh sgoilearan bun-sgoile ann an Alba air tlachd agus buannachdan fhaighinn bho bhith a' gabhail pàirt sa Ghàidhlig tron iomairt 1+2*

*Primary pupils across Scotland will have enjoyed and benefited from engaging with Gaelic through the 1 + 2 initiative*

*Tha còrr is 500,000 daoine fhathast an sàs ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig*

*Over 500,000 people continue to be engaged in learning Gaelic*

## Tarqaidean airson 2028

## Targets for 2028

Tha na leanas nan leasachaidhean a ghabhas a thomhas agus a bu chòir libhrigeadh taobh a-staigh beatha a' Phlana seo:

The following are measurable improvements that should be delivered within the lifetime of this Plan:

*100 buidhnean poblach an sàs ann an deasachadh agus buileachadh nam planaichean Gàidhlig aca*

*100 public bodies engaged in developing and implementing their Gaelic language plans<sup>3</sup>*

*Nì Ùghdarrasan Ionadail cinnteach gu bheil fàs gach bliadhna ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FtG) aig ìrean tràth-bhliadhna, na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile; agus ann am Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLI)<sup>4</sup>*

*Local Authorities will ensure year-on-year growth in Gaelic medium education (GME) at early-years, primary and secondary levels; and in Gaelic learner education (GLE)<sup>4</sup>*

*Àrdaich an àireamh de sgoiltean FtG fa leth, bhon àireamh làithreach gu 16 - tro cho-obrachadh agus tasgadh eadar calpa nan Ùghdarrasan Ionadail agus Riaghaltas na h-Alba agus co-obrachadh le Sgeama nan Tabhartasan Sònraichte*

*Increase the number of stand-alone GM schools from the current level to 16 – through collaboration and investment between LA and SG capital and Scheme of Specific Grants collaboration*

*Nì Ùghdarrasan Ionadail agus buidhnean Foghlaim cinnteach gu bheil tairgse curraicealaim FtG sna Tràth-bhliadhnaichean agus aig ìre na bun-sgoile is na h-àrd-sgoile le gu leòr taic ri susbaint chultarach.*

*Local Authorities with Education bodies ensure that Early Years, Primary and Secondary have GM curriculum offers with appropriate cultural content support*

*Nì Ùghdarrasan Ionadail cinnteach gum bi tairgse curraicealaim leasaichte is leudaichte ann airson Foghlam Coitcheann Farsaing agus airson na h-Ìre as Àirde, le planadh leasachaidh bliadhnaile agus aithisg inbhean agus càileachd bhliadhnaile.*

*Local Authorities will ensure an expanded and developed GM curriculum offer for Broad General Education and the Senior Phase, with annual improvement planning and standards and quality report*

<sup>2</sup> MG ALBA Lèirsinn 2022-27

<sup>3</sup> Planaichean Gàidhlig

<sup>4</sup> Dàta mu Fhoghlam Gàidhlig

<sup>2</sup> MG ALBA Lèirsinn 2022-27

<sup>3</sup> Gaelic Language Plans

<sup>4</sup> Gaelic Education Data

## Amasan

Tha dà prìomh Amas anns a’ Phlana:

1. Cuir ri cleachdadh na Gàidhlig
2. Cuir ri ionnsachadh na Gàidhlig

Tha na clàran gu h-ìosal a’ mìneachadh mar a thèid an dà amas seo a thoirt air adhart, a’ sònrachadh nan raointean obrach agus grunn ghnìomhan airson gach raoin.

## Aims

There are two main Aims in the Plan:

1. Increase the use of Gaelic
2. Increase the learning of Gaelic

The tables below set out how these two aims will be progressed, specifying the areas of activity and a number of actions for each area.

### CUIR RI CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

### INCREASE THE USE OF GAELIC

Raon Obrach Area of Activity	Gnìomhan Actions
<p><b>Coimhearsnachdan</b></p> <p>Leudachadh ann an taic do luchd-cleachdaidh agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan aca agus anns na lìonraidhean anns a bheil iad; ag aithneachadh nan trì prìomh sheòrsaichean coimhearsnachd - eileanan agus dùthchail; bailtean is cathair-bhailtean; agus air-loidhne.</p> <p><b>Communities</b></p> <p>Support for all Gaelic users and learners in their communities and in the networks in which they operate is increased; recognising the three main types of community – island and rural; towns and cities; and online.</p>	<p><b>Lìonraidhean coimhearsnachd</b> bidh iad fhathast nam prìomhachas le brosnachadh na Gàidhlig mar phrìomh phàirt den obair aca</p> <p>Community networks will continue to be prioritised with the promotion of Gaelic a central part of their activity</p>
	<p>Thèid barrachd taic a thoirt do lìonra de <b>dh’Oifigearan Gàidhlig</b> gus prògraman ionadail a chruthachadh airson gach aois</p> <p>Support for network of Gaelic Officers to develop local programmes for all ages is increased</p>
	<p>Thèid faotainneachd agus brosnachadh tachartasan agus gnìomhachdan <b>do dh’òigridh</b> a mheudachadh</p> <p>The availability and promotion of Gaelic events and activities for young people will be increased</p>
	<p>Bidh fòcas air <b>coimhearsnachdan air-loidhne</b> agus na cothroman Gàidhlig a chleachdadh sa cho-theacsa seo</p> <p>There will be a focus on on-line communities and the opportunities to use Gaelic in this context</p>
	<p>Thèid taic a thoirt do <b>dh’Urrasan Coimhearsnachd agus buidhnean san treas-roinn</b> mar thoradh air an obair chudromaich aca gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh</p> <p>Community trusts and third-sector organisations will be supported to appreciate their important role in promoting the use of Gaelic</p>
	<p>Togaidh coimhearsnachdan a tha ag obair le <b>com-pàirteachasan san roinn phoblaich / phrìobhaidich</b> ìomhaigh agus cruthaichidh iad cothroman dhan Gàidhlig gus am bi an cànan air a neartachadh le leasachaidhean.</p> <p>Communities who are working with public / private sector partnerships will raise the profile and opportunities for Gaelic so that the language is strengthened by developments.</p>

Raon Obrach Area of Activity	Gnìomhan Actions
<p><b>Dachaigh</b> Cothroman Gàidhlig a chleachdadh san dachaigh tro iomadh meadhan - an dà chuid goireasan didseatach agus fiosaigeach.</p> <p><b>Home</b> Opportunities to use Gaelic at home through various media - both digital and physical resources.</p>	<p>Cùm taic ri fàs anns an <b>t-susbaint dhidseatach</b> air am faigh daoine cothrom tro na meadhanan Support growth in <b>digital content</b> available for people to access through media</p> <p>Bidh barrachd <b>leabhraichean Gàidhlig agus goireasan eile</b> rim faighinn agus thèid am brosnachadh More Gaelic books and other resources will be available and promoted</p> <p>Thèid iomairtean a chruthachadh gus taic a thoirt do dhaoine fa leth agus do theaghlaichean gus an susbaint fhèin a <b>chruthachadh agus a chleachdadh</b> Initiatives to support individuals and families to create and use their own content will be developed</p> <p>Brosnaich gun tèid tionndaidhean Gàidhlig de <b>theicneòlasan san dachaigh a chruthachadh</b> Promote that Gaelic versions of technologies in the home are developed</p> <p>Cuir ri aithne agus taic ri ceuman a bhrosnaicheas cleachdadh na <b>Gàidhlig ann an dachaighean</b>. Increase recognition of and support for the measures that promote the use of Gaelic in homes.</p>
<p><b>Meadhanan, ealainean, cultar agus dualchas</b> Toraidhean nam meadhanan is nan ealainean Gàidhlig, a' cruthachadh cothroman airson cur an cèill, sgilean, ruigsinneachd, com-pàirteachadh agus cruthachalachd.</p> <p><b>Media, arts, culture, and heritage</b> Gaelic media and arts output, creating opportunities for expression, skills, access, participation and creativity.</p>	<p>Tha na meadhanan a' ruith tro libhrigeadh a' Phlana air fad - <b>san dachaigh, sa choimhearsnachd, san eaconamaidh agus ann an ionnsachadh</b> - gu sònraichte tro bhith a' cur an gnìomh Lèirsinn 2022-2027 aig MG ALBA Media will run throughout delivering the Plan - in the home, in the community, in the economy and in learning – primarily through implementation of the MG ALBA Lèirsinn 2022-2027</p> <p>Thèid cuideam a chur air gnothaichean <b>sna meadhanan</b> a tha a' tarraingeach do dh'òigridh Emphasis will be placed on <b>media</b> activities appealing to young people</p> <p>Thèid taic is brosnachadh a thoirt do <b>bhuidhnean ealain</b>, agus do ghniomhachdan agus fèisean ealain gus Gàidhlig a bhith mar phàirt den obair aca More arts organisations, activities and festivals encouraged and supported to include Gaelic</p> <p>Barrachd taic bho bhuidhnean poblach do <b>bhuidhnean ealain Gàidhlig</b> gus cothroman, ruigsinneachd, sgilean, is com-pàirteachadh a chruthachadh Increase support from public bodies for Gaelic arts bodies to create opportunities, access, skills, participation</p> <p>Leudaich solar <b>foillseachaidh Gàidhlig</b> le cothrom agus brosnachadh do sgrìobhadairean agus luchd-cruthachaidh eile. Expand Gaelic publishing provision of opportunity and encouragement to writers and other creators.</p>

Raon Obrach Area of Activity	Gnìomhan Actions
<p><b>Gnìomhachas agus an eaconamaidh</b></p> <p>A' cleachdadh na Gàidhlig ann an gnìomhachasan agus iomairtean sòisealta; agus Gàidhlig mar stòras eaconamach ann an Alba.</p> <p><b>Business and the economy</b></p> <p>Using Gaelic in businesses and social enterprises; and Gaelic as an economic asset in Scotland.</p>	<p>Taic do ghnìomhachasan gus <b>cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh ann an seirbheisean agus bathar</b> a bharrachd air san àite-obrach, agus airson leudachadh ann an seirbheisean agus toraidhean</p> <p>Support for businesses to increase the use of Gaelic in services and products as well as in the workplace, and for expansion of services and products</p> <p>Leudaich an rannsachadh mun <b>bhuaidh eaconamaich</b> aig a' Ghàidhlig ann an Alba</p> <p>Extend research on the already established economic impact of Gaelic in Scotland</p> <p>Sgilean <b>tionnsgalachd agus ceannais</b> ann an gnìomhachas gu bhith air an togail tron Ghàidhlig</p> <p>Entrepreneurial and leadership skills in business to be developed in GM</p> <p>Leudaich margaidh obrach na Gàidhlig tro bhith a' brosnachadh dhreuchdan a tha a' cur luach air <b>sgilean Gàidhlig, preantasachdan, leasachadh sgilean agus prògraman trèanaidh</b> agus neartaich slighean obrach agus planadh leantainneachd airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig air a meas riatanach no na buannachd</p> <p>Expand the Gaelic labour market through promoting careers which value Gaelic skills, apprenticeships, skill development and training programmes and strengthen career routes and succession planning for careers where Gaelic is deemed essential or desirable</p> <p>Nì an roinn phoblach, ag obair ann an com-pàirteachas leis an roinn phrìobhaideach, cinnteach gum bi tasgadh ann an <b>cumhachd ath-nuadhachail, atharrachadh cliomaid agus leasachaidhean co-cheangailte riutha</b> buannachdail do choimhearsnachdan agus dhan Ghàidhlig.</p> <p>The public sector, working in partnership with the private sector, will ensure that <b>renewables, climate change investment and related developments</b> should deliver for communities and for Gaelic.</p>
<p><b>Ùghdarrasan Poblach</b></p> <p>Taic aig ùghdarrasan poblach dhan Ghàidhlig agus aithne air cho cudromach 's a tha ceuman sòisealta agus eaconomach nas fharsainghe dhan Ghàidhlig.</p> <p><b>Public authorities</b></p> <p>Public authority support for Gaelic and recognition of the importance of wider social and economic measures for Gaelic.</p>	<p>Faigh buaidh nas motha bho <b>Phlanaichean Gàidhlig</b>, a thaobh an raoin de dh'ùghdarrasan, agus libhrigeadh, brosnachadh agus ìre cleachdaidh nan seirbheisean a bheirear seachad anns na coimhearsnachdan air leth aca, agus air an èifeachdas aca</p> <p>Build even greater impact from Gaelic Language Plans, the range of authorities, the provision, promotion and uptake of the services offered in their individual communities and their effectiveness</p> <p>Bheir Riaghaltas na h-Alba <b>Bile nan Cànan Albannach</b> air adhart leis a' Ghàidhlig aig a chridhe</p> <p>SG will take forward a Scottish Languages Bill with provision for Gaelic at its core</p> <p>Beachdaichidh Riaghaltas na h-Alba air <b>Gàidhealtachd a chruthachadh</b></p> <p>SG will explore the creation of a Gàidhealtachd</p> <p>Dèan cinnteach gu bheil Gàidhlig mar phàirt de, agus na prìomhachas, ann gnìomhan bho <b>Achd nan Eilean</b></p> <p>Ensure Gaelic is included and prioritised in activity resulting from the Islands Act</p> <p>Nì Riaghaltas na h-Alba ath-sgrùdadh air gnìomhan agus structaran <b>Bhòrd na Gàidhlig</b></p> <p>SG takes forward its commit to review the functions and structures of Bòrd na Gàidhlig</p> <p>Cuir ri momentum le iomairt <b>Adhartas nas Luaithe</b> agus stuthan-obrach Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean</p> <p>Enhance momentum with the Faster Rate of Progress initiative and Convention of the Highlands and Islands workstreams</p> <p>Cuir ris a' cho-òrdnachadh eadar na pròiseactan uile a tha a' neartachadh agus a' glèidheadh beothalachd <b>cànanach na Gàidhlig</b>.</p> <p>Increase the co-ordination with all the projects which enrich and retain the vitality of the Gaelic language.</p>

## CUIR RI IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

## INCREASE THE LEARNING OF GAELIC

Raon Obrach Area of Activity	Gnìomhan Actions
<p><b>Dachaigh</b> A' brosnachadh gach nì is ceum a bhrosnaicheas ionnsachadh na Gàidhlig airson daoine òga is teaghlaichean san dachaigh.</p> <p><b>Home</b> Promotion of all influences and measures that encourage Gaelic language learning for young people and families in the home.</p>	<p>Dèan cinnteach gu bheil goireasan didseatach gus <b>ionnsachadh de dheagh chàileachd</b> a thoirt seachad san dachaigh rim faighinn sa Ghàidhlig Ensure that the role of digital in delivering quality learning in the home is available for Gaelic</p> <p>A' stèidheachadh agus a' brosnachadh ionadan <b>Tràth-bhliadhnaichean FtG</b>, solar 0-3 agus iomairtean co-cheangailte Establishing and promoting GME Early years centres, 0-3 provision and related initiatives</p> <p>Ùghdarrasan Ionadail le taic bho bhuidhnean phàrantan nàiseanta is ionadail a' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig <b>ga brosnachadh gu gnìomhach</b> agus gu bheil a' toirt taic do <b>bharrachd theaghlaichean</b> gus Gàidhlig ionnsachadh san dachaigh Local Authorities with the support of national and local parent organisations ensure that GME is actively promoted and that more families are supported in learning Gaelic at home</p> <p>Tha iomairtean agus pròiseactan a tha a' brosnachadh agus a' cumail taic ri luchd-ionnsachaidh airson <b>pàrantan FtG</b> air an leudachadh gach bliadhna, a' toirt comas do bharrachd phàrantan agus luchd-cùraim gus an cànan a chleachdadh gu misneachail san dachaigh Initiatives and projects that encourage and support Gaelic learning for GME parents are extended annually, enabling more parents and carers to use the language confidently at home</p> <p>Bùird NHS, buidhnean poblach eile agus pròiseactan agus buidhnean Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil <b>ionnsachadh Gàidhlig</b> ga brosnachadh anns an dachaigh. NHS Boards, other public authorities and Gaelic projects and bodies to ensure that Gaelic learning is promoted in home life.</p>
<p><b>Sgoil</b> Fàs ann an roinn FtG bho 3-18; ann an càileachd an t-solair agus a' dèanamh cinnteach gu bheil brosnachadh agus taic ann airson FtG agus FLI aig gach ìre.</p> <p><b>School</b> Growth of the GME sector from 3-18; in quality of provision and ensuring promotion and support in place for GME and GLE at all levels.</p>	<p>Bidh Ùghdarrasan Ionadail agus Riaghaltas na h-Alba a' brosnachadh, a' cumail taic ri agus a' toirt fàs air <b>solar Tràth-bhliadhnaichean, Bun-sgoil agus Àrd-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig</b> Local Authorities and SG promote, support and grow GM Childcare and Early years, Primary and Secondary provision</p> <p>Cumaidh ùghdarrasan ionadail taic ri, agus cuiridh iad fàs air <b>Gàidhlig mar nuadh-chànan</b> a rèir na h-iomairt 1+2 nàiseanta Local Authorities support and grow Gaelic as a modern language in line with the 1+2 national initiative</p> <p>Dèan cinnteach gu bheil an <b>tairgse dhidseatach gus an curraicealaim air-loidhne a libhrigeadh</b> a' neartachadh agus a' leudachadh FtG agus FLI ann an sgoiltean aig ìre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile gach bliadhna Ensure the digital offer for online curriculum delivery strengthens and expands GME and GLE in schools at primary and secondary levels annually</p> <p>Cruthaich agus leudaich tairgse <b>curraicealaim FtG</b> iomchaidh airson gach cuid Foghlam Coitcheann Farsaing agus an ìre as Àirde san àrd-sgoil Develop and extend an appropriate GME curriculum offer for both Broad General Education and Senior Phase in the secondary sector</p> <p>Dèan cinnteach gu bheil gu leòr <b>luchd-obrach agus ghoireasan</b> airson FtG agus FLI Ensure provision of high quality GME and GLE staffing and resources</p> <p>Dèan cinnteach gun tèid <b>gealltanasan Riaghaltas na h-Alba air FtG</b> a thoirt air adhart agus a libhrigeadh. Ensure progress and delivery of SG commitments on GME.</p>



Raon Obrach Area of Activity	Gnìomhan Actions
<p><b>Foghlam às dèidh na sgoile</b> Cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh, cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh aig ìre Foghlam Adhartaich is Àrd-ìre agus slighean a-steach gu teagasg FtG/FLI agus gu rannsachadh.</p> <p><b>Post-school</b> Opportunities to learn Gaelic, to provide Gaelic learning at Further and Higher Education level, routes into GME/GLE teaching and research.</p>	<p>Brosnachadh agus taic ri <b>SpeakGaelic</b> agus cothroman foghlaim eile do dh'ìnbhich Promotion and support for <b>SpeakGaelic</b> and other adult education opportunities</p>
	<p>Sgilean Gàidhlig gu bhith mar phàirt de, agus air am brosnachadh ann an <b>cothroman cosnaidh</b>, slighean fastaidh, trèanadh sgilean agus preantasachdan Gaelic skills included and promoted in <b>careers opportunities</b>, routes to employment, skills training and apprentices</p>
	<p>Buidhnean nàiseanta a' cumail orra a' brosnachadh <b>Cùrsaichean Trèanaidh Luchd-teagaisg FtG</b>, slighean a-steach do theagasg FtG/FLI agus taic do phroifeiseantaich National agencies continue to promote <b>GME Initial Teacher Education</b>, routes into GME/GLE teaching and support for professionals</p>
	<p>Tha raon farsaing de chothroman ionnsachaidh Gàidhlig ann an institiudan <b>Foghlam Adhartaich/Foghlam Àrd-ìre</b> Availability of wide range of opportunities to pursue Gaelic learning in <b>Further Education/Higher Education</b> institutions</p>
	<p>Thèid taic a chumail ri <b>Rannsachadh</b> gus cur ri tuigse air agus èifeachdas obair leasachaidh na Gàidhlig. <b>Research</b> is supported to improve understanding and effectiveness of Gaelic development.</p>

## RAOINTEAN OBRACH AGUS GNÌOMHAN

## AREAS OF ACTIVITY AND ACTIONS

Anns an ath earrainn den dreach plana seo, chaidh barrachd fiosrachaidh a chur ann mu na prìomh raointean gnìomh a tha air an liostadh sna clàran gu h-àrd.

Bheir seo seachad eisimpleirean de chuid de na ceuman a tha an gnìomh agus air an adhartas a rinneadh. Tha liosta ann cuideachd de cheuman a thèid a ghabhail.

Thathar an dòchas gun cuidich seo le freagairtean co-chomhairle agus gun soilleirich e na h-ath cheuman a tha a dhìth gus togail air an adhartas a rinneadh anns na beagan bhliadhnaichean mu dheireadh.

In the next section of this draft Plan more detail has been added to the principal areas of activity listed in the tables above.

This will give example of some measures that are in place and where progress has been made. It also lists actions that will be taken.

It is hoped that this will assist with consultation responses and make clear the next steps to build on the progress of recent years.

## CUIR RI CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

### 1 Coimhearsnachdan

*Leudachadh ann an taic do luchd-cleachdaidh agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan aca agus anns na lionraidhean anns a bheil iad; ag aithneachadh nan trì prìomh sheòrsaichean coimhearsnachd - eileanan agus dùthchail; bailtean is cathair-bhailtean; agus air-loidhne.*

Tha farsaingeachd de choimhearsnachdan agus lionraidhean Gàidhlig eadar-mheasgte ann an Alba. Tha cho cudromach 's a tha iad a thaobh sunnd, a bharrachd air a' chànan, air fàs nas fhollaisiche tron ghalar lèir-sgaoilte. Anns na h-eileanan agus sgìrean dùthchail, tha mòran bhuidhnean coimhearsnachd a tha a' cur gu mòr ris a' Ghàidhlig agus ris na sgìrean ionadail aca, agus tha àrdachadh air tighinn air an àireamh de dh'oifigearan Gàidhlig agus iomairtean gus taic a thoirt dhaibh. Mar an ceudna, ann am bailtean-mòra agus cathair-bhailtean, tha fàs air a bhith anns na lionraidhean far a bheil a' brosnachadh agus a' libhrigeadh cleachdadh na Gàidhlig, ge b' e an ann tro thachartasan ealain no cruinneachaidhean sòisealta, agus tha an t-iartras seo a' fàs. Ge b' e càite a bheil na co-aonadan seo stèidhichte, tha iad nam pàirt chudromach de bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh barrachd. Tha an obair a nithear aig ìre na coimhearsnachd le buidhnean, mar eisimpleir, Comunn na Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal, An Comann Gàidhealach ro-chudromach cuideachd gus dèanamh cinnteach gu bheil cothroman de chàileachd àrd air an libhrigeadh gus Gàidhlig a chleachdadh.

Tha na gnìomhan gu h-ìosal ag amas air cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.

#### GNÌOMHAN

**(1.1) Lionraidhean coimhearsnachd bidh iad fhathast nam prìomhachas le brosnachadh na Gàidhlig mar phrìomh phàirt den obair aca**

Tha lionraidhean a' fàs nas cudromaiche mar shlighe gus cur ri cleachdadh na Gàidhlig, a' toirt daoine còmhla stèidhichte air cruinn-eòlas no air ùidh sa chumantas. Tha iomairt #cleachdi air a bhith na leasachadh fìor mhath agus thèid a brosnachadh fad is farsaing. An-dràsta tha 4 buidhnean saor-thoileach ann am bailtean-mòra agus cathair-bhailtean a tha ag obair gus co-ionadan coimhearsnachd a stèidheachadh do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a bharrachd air grunn ionadan a tha stèidhichte mar-thà, a tha a' leasachadh no a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig nan seirbheisean agus nan sanasachd. Thèid taic a thoirt seachad gus barrachd dhiubh a stèidheachadh no a leasachadh tro bheatha a' Phlana seo.

## INCREASE THE USE OF GAELIC

### 1 Communities

*Support for all Gaelic users and learners in their communities and in the networks in which they operate is increased; recognising the three main types of community – island and rural; towns and cities; and online.*

There are a diverse range of Gaelic communities and networks in Scotland. Their importance for wellbeing, as well as the language, has been increasingly apparent during the pandemic. In the islands and rural areas, there are many community organisations that make a strong contribution to Gaelic and to sustaining their local areas, and there has been an increase in the number of Gaelic officers and initiatives to support them. Similarly, in towns and cities, there has been growth in the networks where Gaelic use is promoted and delivered, whether through arts events or social gatherings, and this demand is growing. Wherever these hubs are based, they form an important part of ensuring that Gaelic is increasingly used. The work delivered at community level by organisations such as Comunn na Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal, An Comunn Gàidhealach is also critical to ensuring that high-quality opportunities for using Gaelic are delivered.

The actions below aim to continue to increase the use of Gaelic in communities.

#### ACTIONS

**(1.1) Community networks will continue to be prioritised with the promotion of Gaelic a central part of their activity**

Networks form an increasingly important route to increase the use of Gaelic, bringing together people either on a geographical or interest basis. #Cleachdi has been a welcome development and it will continue to be promoted widely. There are currently 4 voluntary organisations in towns and cities working to establish community hubs for Gaelic users as well as a range of centres which are already in place developing or increasing the use of Gaelic in their services and promotion. More will be supported to develop or expand during the lifetime of this Plan.

**(1.2) Thèid barrachd taic a thoirt do lionra de dh'Oifigearan Gàidhlig gus prògraman ionadail a chruthachadh airson gach aois**

Thathar a' cumail taic ris an raon fharsaing de dh'oifigearan Gàidhlig sa choimhearsnachd, a tha air am maoinachadh gu h-àraid le Bòrd na Gàidhlig tron lionra phroifeiseanta a chaidh a chruthachadh bho chionn ghoirid. Gus cur ri buaidh agus èifeachdas obair nan oifigearan, thèid an taic a leudachadh agus a leasachadh cho math ri lèirmheasan de chothroman ùra, cothroman airson obair com-pàirteachais, agus leasachadh proifeiseanta is obrach leantainneach. Thèid siostam leasachaidh càileachd a chur air adhart le prìomhachasan Gàidhlig, coltach ri Dè cho math 's a tha an t-ionnsachadh Coimhearsnachd againn aig Foghlam Alba.

**(1.3) Thèid faotainneachd agus brosnachadh tachartasan agus gnìomhachdan do dh'òigridh a mheudachadh**

Tha tachartasan tarraingeach agus de dheagh chàileachd ro-chudromach gus dèanamh cinnteach gun tèid òigridh an sàs leis a' Ghàidhlig agus gun cleachd iad i ann an àrainnean nas fharsainge na dìreach an sgoil. Tha grunn bhuidhnean ann mar-thà, a' mhòr-chuid san treas-roinn, a bhios a' libhrigeadh tachartasan tron Ghàidhlig, mar eisimpleir, clubaichean òigridh, spòrs agus tachartasan ceòl is ealain, cho math ri iomairtean ùra, mar eisimpleir, pròiseactan geamaireachd Kilted Otter. Gus an gnìomh seo a choileanadh feumaidh àrdachadh a bhith anns an raon de ghnìomhachdan a tha air an libhrigeadh le buidhnean a th' ann mar-thà, fàsaidh buidhnean a tha ann mar-thà a tha a' libhrigeadh gnìomhachd sa Bheurla gus gnìomhachdan Gàidhlig àrd-inbhe a thoirt a-steach, agus thèid buidhnean ùra a stèidheachadh.

**(1.4) Cumar am fòcas seo air coimhearsnachdan air-loidhne agus na cothroman Gàidhlig a chleachdadh sa cho-theacsa seo**

Mar thoradh dìreach air a' ghalar lèir-sgaoilte chruinneil, chuir iomadh neach-labhairt agus buidhnean Gàidhlig ris an làithreachd air-loidhne aca gu mòr, bho chèilidhean gus co-labhairtean is deasbadan. Tha seo air cothrom nas fheàrr a thoirt do dhaoine air cùisean agus tha e a' dol gu math le libhrigeadh tachartasan aghaidh ri aghaidh. Tha [Lèirsinn 2022-2027 aig MG ALBA](#) a' cur air adhart àrd-amasan gus gnìomhachd dhìdseatach a leasachadh gu mòr agus seo am prìomh dhràibhear a bhios aig a' ghnìomh seo.

**(1.5) Thèid taic a thoirt do dh'Urrasan Coimhearsnachd agus buidhnean san treas-roinn mar thoradh air an obair chudromaich gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh**

Barrachd is barrachd, tha cothrom air seirbheisean agus sealbh

**(1.2) Support for network of Gaelic Officers to develop local programmes for all ages is increased**

The wide range of Gaelic officers in the community, funded primarily by Bòrd na Gàidhlig, are supported by the recent creation of a professional network. In order to increase the impact and effectiveness of the work of the officers, the support will be extended and developed along with reviews of new opportunities, developments for partnership working, continuing professional and career development. A quality-enhancement system focused on Gaelic language priorities, similar to Education Scotland's How Good is Our Community Learning will be promoted.

**(1.3) The availability and promotion of Gaelic events and activities for young people will be increased**

High-quality and engaging events and activities are critical to ensuring young people engage with Gaelic and use it in a wider range of spheres than just school. There is already a range of bodies, mainly third-sector, which deliver Gaelic-medium activities such as youth clubs, sports, music and arts events, as well as recent initiatives such as the Kilted Otter gaming project. To achieve this action an increase in the range of activities delivered by existing organisations will need to be in place, existing organisations which deliver activities in English will expand to incorporate high-quality Gaelic activities, and new organisations will develop.

**(1.4) The focus on on-line communities and the opportunities to use Gaelic in this context will be maintained**

As a direct result of the global pandemic, many Gaelic speakers and organisation increased their online presence dramatically, ranging from cèilidhs to conferences and debates. This has facilitated greater access for many people and complements the provision of in-person activities. The [MG ALBA Lèirsinn 2022-2027](#) sets out ambitions to develop significantly increased digital activity and will be the main driver of this action.

**(1.5) Community trusts and third-sector organisations recognise their important role in promoting the use of Gaelic**

Increasingly, access to services and ownership of assets



air stòrasan le urrasan coimhearsnachd. Faodaidh iad seo a bhith air bunait chruinn-eòlasach, leithid Urras Oighreachd Ghabhsainn, no ann an roinn shònraichte, leithid nan ealainean no eachdraidh ionadail, no a' lìbhrigeadh sheirbheisean taic coimhearsnachd agus cothrom air gnìomhan cultarail, Ceòlas mar eisimpleir. Tha na h-urrasan seo uile freumhaichte sna coimhearsnachdan aca agus tha grunn aca a' dèanamh cinnteach mar-thà gu bheil an obair aca a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig gu làitheil. Tro bheatha a' phlana, tha àrd-amas gun tèid an raon de sheirbheisean a thathar a' toirt seachad sa Ghàidhlig a leudachadh, agus gun tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice.

***(1.6) Togaidh coimhearsnachdan a tha ag obair le com-pàirteachasan san roinn phoblaich / phrìobhaidich ìomhaigh agus cruthaichidh iad cothroman dhan Ghàidhlig gus am bi an cànan air a neartachadh le leasachaidhean***

Thathar a' toirt air adhart grunn leasachaidhean eaconamach cudromach ann an com-pàirteachas le buidhnean poblach leithid Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE) agus Oighreachd a' Chrùin, a barrachd air an roinn phrìobhaidich leithid SSE. Bheir gnìomhan a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde ris a bheil buidhnean leithid NatureScot agus Coilltearachd is Fearann Alba a' toirt taic, buaidh nach beag air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan. Thèid taic is brosnachadh a thoirt do cheannardan coimhearsnachd agus thèid taic a thoirt dhaibh leis na buidhnean sin gus dèanamh cinnteach gum bi prìomhachas aig a' Ghàidhlig ann an leasachaidhean, a' toirt seachad cothrom gus an cànan a neartachadh, gu sònraichte ann an sgìrean traidiseanta.

## 2. Dachaigh

***Cothroman gus Gàidhlig a chleachdadh san dachaigh air am meudachadh an dà chuid tro ghoireasan didseatach agus fiosaigeach***

Tha cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh riatanach gus an cànan agus cultar a neartachadh, agus is urrainn grunn nithean cur ris an eileamaid chudromaich seo. Tha iad seo gu sònraichte sna meadhanan - loidhneach, didseatach agus sòisealta - cho math ri foillseachadh agus a' cruthachadh ghoireasan eile, mar eisimpleir gheamannan. Tha iad seo uile a' brosnachadh agus a' cumail taic ri cleachdadh na Gàidhlig.

### GNÌOMHAN

***(2.1) Cùm taic ri fàs anns an t-susbaint dhidseatach air am faigh daoine cothrom tro na meadhanan***

Is e tè de na prìomh dhòighean anns a bheil Gàidhlig ga

are provided by community trusts. These can be on a geographical basis, such as Galson Estate Trust, or in a particular sector, such as the arts or local history, or delivering community support services and access to cultural activities, Ceòlas for example. All these trusts are rooted in their communities and many of them already ensure that their operations promote the use of Gaelic on a daily basis. During the life of the plan, there is an ambition to see the range of services provided in Gaelic increase and the frequency of Gaelic use grow.

***(1.6) Communities who are working with public/private sector partnerships will raise the profile of and opportunities for Gaelic so that the language is strengthened by developments***

A number of important economic developments are being taken forward in partnership with public bodies such as Highlands & Islands Enterprise (HIE) and the Crown Estate, as well as private sector such as SSE. Climate change actions supported by bodies such as NatureScot and Forestry Land Scotland will also impact significantly in the Highlands and Islands. Community leaders will be encouraged and supported by these bodies to ensure that Gaelic is prioritised in developments, offering opportunities to strengthen the language, particularly in traditional areas.

## 2. Home

***Opportunities to use Gaelic at home increased through digital and physical resources***

Using Gaelic in the home is essential to strengthening the language and culture, and a range of actions can contribute to this important element. These are particularly important in media – linear, digital and social - as well as publishing and the creation of other resources such as games which all stimulate and support more use of Gaelic.

### ACTIONS

***(2.1) Support growth in digital content available for people to access through media***

One of the main ways that Gaelic is used at home



cleachdadh aig an taigh a bhith a' coimhead no ag èisteachd ri prògraman Gàidhlig, a' dol an sàs anns na meadhanan sòisealta agus a' cleachdadh àrd-ùrlaran air-loidhne. Gus an luchd-amhairc/èisteachd làithreach a chumail agus gus luchd-cleachdaidh ùra a tharraing, bidh feum air susbaint ùr thairis air grunn ùrlaran a th' ann mar-thà agus a tha a' tighinn am bàrr agus tha lèirsinn MG ALBA na phrìomh eileamaid de bhith a' libhrigeadh seo.

***(2.2) Bidh barrachd leabhraichean Gàidhlig agus goireasan eile rim faighinn agus thèid am brosnachadh***

Tha Comhairle nan Leabhraichean, Acair agus eile a' cumail orra a' cruthachadh fhoillseachaidhean ùra a tha a' toirt seachad farsaingeachd de leabhraichean litreachais, neo-fhicsein, chloinne agus, leabhraichean claisneachd - raon a tha a' sìor fhàs, a tha a' brosnachadh dhaoine a bhith a' leughadh aig an taigh agus ann an àiteachan eile. Thèid goireasan ùra a chruthachadh le maoinachadh. Thèid iomairtean tionnsgalach a bhrosnachadh gus na buannachdan a bhrosnachadh a tha an lùib a bhith a' dol an sàs san t-saoghal eadar-mheasgte a tha litreachas na Gàidhlig a' toirt do luchd-leughaidh agus luchd-èisteachd. Thèid farsaingeachd de ghoireasan a bhios a' brosnachadh agus a' furastachadh cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh tro chluich chruthachail agus eadar-obrachadh a chruthachadh cuideachd.

***(2.3) Iomairtean gus taic a thoirt do dhaoine fa leth agus do theaghlaichean gus an susbaint fhèin a chruthachadh agus a chleachdadh***

Nithear rannsachadh mu chothroman gus iomairtean làithreach a leudachadh agus gus cothroman ùra a chruthachadh gus daoine, teaghlaichean agus dachaighean a bhrosnachadh gus susbaint a chruthachadh. Thèid beachdachadh air eisimpleirean de dheagh chleachdadh bho mhion-chànanan eile gus leasachaidhean fhiosrachadh.

***(2.4) Brosnaich gun tèid tionndaidhean Gàidhlig de theicneòlasan san dachaigh a chruthachadh***

Tha leasachaidhean ann am bathar-bog cainnt-gu-teacs sa Ghàidhlig a' gealltainn dòighean ùra inntinneach air cur ri cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil teicneòlas a' cumail taic ri cleachdadh na Gàidhlig. Rè beatha a' Phlana seo, leanaidh rannsachadh air leasachadh teicneòlas labhairt na Gàidhlig aig àrd ìre, ag àbhaisteachadh na Gàidhlig mar phàirt de bheatha san 21st linn agus a' leudachadh a ruigsinn gu raointean ùra.

is through people watching or listening to Gaelic programmes, engaging with social media and using online platforms. In order to retain the existing audience and to attract new users, new content across a range of existing and emerging platforms will be required and the MG ALBA vision is a core part of how this will be achieved.

***(2.2) More Gaelic books and other resources will be available and promoted***

Comhairle nan Leabhraichean, Acair and others continue to create new publications which provide a wide range of literary, factual, children's and increasingly audio books which encourage people to read at home and elsewhere. New materials will be developed with funding. Innovative initiatives will be encouraged to promote the benefits of engaging with the diverse world that Gaelic literature brings to readers and listeners. A range of resources which encourage and facilitate using Gaelic in the home through creative play and interaction will also be developed.

***(2.3) Initiatives to support individuals and families to create and use their own content***

Research will be undertaken into opportunities to expand successful existing initiatives and create new possibilities so as to encourage individuals, families and households to become creators of content. Examples of good practice from other minority languages will be considered and inform developments.

***(2.4) Promote that Gaelic versions of technologies in the home are developed***

Recent developments in Gaelic speech-to-text software promise exciting new ways of increasing the use of Gaelic in the home and ensuring that technology supports using Gaelic. During the course of this Plan, research will continue to develop high-quality Gaelic speech-based technology, further normalising Gaelic as part of 21st century life and extending its reach into new domains.

### **(2.5) Aithne agus taic ri ceuman a bhrosnaicheas cleachdadh na Gàidhlig ann an dachaighean**

Nithear rannsachadh le teaghlaichean gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air an taic a tha a dhìth orra gus na sgilean Gàidhlig aca a chleachdadh san dachaigh. Thèid eisimpleirean aithnichte a chomharrachadh agus bithear a' brosnachadh choimhearsnachdan a dhol an sàs ann an gnìomhan le fòcas air a' Ghàidhlig aig an taigh no ann an suidheachaidhean sòisealta beaga. Thèid sgrùdadh a dhèanamh air iomairtean ann an coimhearsnachdan mion-chànanan eile agus thèid na leasan bho seo a chur an gnìomh ann an co-theacsa na h-Alba.

## **3. Meadhanan, Ealainean, Cultar, Dualchas**

***Toraidhean nam meadhanan is nan ealainean Gàidhlig, a' cruthachadh chothroman airson cur an cèill, sgilean, ruigsinneachd, com-pàirteachadh agus cruthachalachd.***

Thairis air na beagan bhliadhnaichean mu dheireadh, bha deagh adhartas ann an craoladh Gàidhlig, na h-ealainean agus foillseachadh agus thug Gàidhlig buaidh fharsaing is bheartach air beatha chultarach. Tha MG ALBA agus farsaingeachd de bhuidhnean leithid Fèisean nan Gàidheal, An Comann Gàidhealach, Comhairle nan Leabhraichean, Ceòlas, Acair agus eile a' cur gu mòr ri seo, a' dèanamh cinnteach gu bheil iomhaigh na Gàidhlig fhathast àrd aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil ìre de chothroman ann airson leasachadh sgilean, airson cruthachalachd, com-pàirteachadh agus cur an cèill. Tha dualchas beairteach na Gàidhlig ann an Alba a' faighinn taic an dà chuid aig ìre coimhearsnachd agus nàiseanta le buidhnean mar am Fòram Dualchais agus le buidhnean is ùghdarrasan nas motha. Tha na roinnean seo a' cur ri iomhaigh na h-Alba mar dhùthaich eadar-mheasgte agus tharraingeach, le Gàidhlig na pàirt chudromach den dearbh-aithne sin, agus tha iad a' cur gu mòr ris an eaconamaidh.

### **GNÌOMHAN**

***(3.1) Tha na meadhanan a' ruith tro libhrigeadh a' Phlana air fad - san dachaigh, sa choimhearsnachd, san eaconamaidh agus ann an ionnsachadh - gu sònraichte tro bhith a' cur an gnìomh Lèirsinn 2022-2027 aig MG ALBA***

Tha Lèirsinn 2022-27 a chaidh fhoillseachadh bho chionn ghoirid a' mineachadh àrd-amasan MG ALBA airson nam meadhanan Gàidhlig agus an àite a bhios aca ann an sin. Tha e a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh agus a sgaoileadh susbaint, trèanadh is fastadh, co-obrachadh taobh a-staigh agus thar

### **(2.5) Recognition and support for the measures that promote the use of Gaelic in homes**

Research will be undertaken with families to better understand what support is required to use their Gaelic skills in the home. Known examples will be highlighted and communities will be encouraged to engage in Gaelic-focused activities at home or in small social settings. Initiatives in other minority language communities will be reviewed and learning from those applied to the Scottish Gaelic context.

## **3. Media, Arts, Culture, Heritage**

***Gaelic media and arts output, creating opportunities for expression, skills, access, participation and creativity.***

Over recent years there has been good progress in Gaelic broadcasting, arts and publishing and Gaelic has had a wide and rich impact on cultural life. In this there is a leading contribution from MG ALBA and a range of bodies such as Fèisean nan Gàidheal, An Comann Gàidhealach, Comhairle nan Leabhraichean, Ceòlas, Acair and others ensure that the profile of Gaelic remains high both at a national level and on an international level. This ensures a level of opportunities for skills development, for creativity, participation and expression. The rich heritage of Gaelic in Scotland is supported both at community level and national level by groups such as the Heritage Forum and by larger bodies and authorities. These sectors enhance Scotland's image as a diverse and attractive country, with Gaelic as a significant aspect of that identity, and they contribute significantly to the economy.

### **ACTIONS**

***(3.1) Media will run throughout delivering the Plan - in the home, in the community, in the economy and in learning - primarily through implementation of the MG ALBA Lèirsinn 2022-2027***

The recently published Lèirsinn 2022-27 sets out MG ALBA's ambitions for Gaelic media and their role within that. It includes content creation and distribution, training and employment, collaborations within and across sectors and its economic impact and contribution to the

roinnean agus a bhuaidh eaconomach agus mar a tha i a' cur ri ìomhaigh agus cliù na h-Alba gu h-eadar-nàiseanta.

***(3.2) Thèid cuideam a chur air gnòthaichean sna meadhanan a tha tarraingeach do dh'òigridh***

Tha grunn iomairtean ann, mar eisimpleir FilmG, YoungScot agus Kilted Otter, a tha a' brosnachadh òigridh mar-thà gus susbaint a chruthachadh agus gus pàirt a ghabhail anns na meadhanan sòisealta agus gnìomhan didseatach eile. Thèid barrachd taic a thoirt do seo agus thèid barrachd a leasachadh gus am bi e comasach do bharrachd òigridh Gàidhlig a chleachdadh agus gus pàirt a ghabhail ann an nithean tron Ghàidhlig agus gus an tèid am brosnachadh gus sin a dhèanamh. Bidh cho cudromach 's a tha conaltradh sòisealta aghaidh ri aghaidh do dhaoine òga na phrìomh eileamaid anns na leasachaidhean sin.

***(3.3) Barrachd bhuidhnean ealain, agus gnìomhachdan is fèisean ealain a' faighinn taic is brosnachadh gus Gàidhlig a bhith mar phàirt den obair aca***

Thathar air a' Ghàidhlig agus a cultar aithneachadh bho chionn fhada mar phàirt luachmhor, beairteach agus cudromach de dhearbh-aithne agus tarraingeachd na h-Alba. Mar phàirt den amas dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile duine ann an Alba air na h-ealainean Gàidhlig, bidh buidhnean maoineachaidh, leithid EventScotland agus Alba Chruthachail, air am brosnachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' cur cuideam air cho cudromach agus cho tarraingeach 's a tha na h-ealainean Gàidhlig anns na prògraman maoineachaidh agus an obair chomhairleachaidh aca gus am bi seo air àbhaisteachadh taobh a-staigh buidhnean, gnìomhan agus fèisean ealain.

***(3.4) Barrachd taic bho bhuidhnean poblach do bhuidhnean ealain Gàidhlig gus cothroman, ruigsinneachd, sgilean, is com-pàirteachadh a chruthachadh***

Tha barrachd is barrachd bhuidhnean ealain Gàidhlig a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-ealainean ruigsinneach, ag àrach tàlant ùr tro leasachadh sgilean agus a' brosnachadh barrachd com-pàirt. Tha seo a' toirt tlachd do dhaoine cho math ri buannachdan sòisealta is eaconomach eile agus tha e a' toirt cothrom do luchd-ealain na sgeulachdan aca fhèin agus na sgeulachdan coitcheann aithris. Thèid taic is dealasach faicsinneach aig buidhnean poblach le dleastanasan anns na roinnean sin a neartachadh gus dèanamh cinnteach gun lean am fàs seo.

image and standing of Scotland internationally.

***(3.2) Emphasis will be placed on media activities appealing to young people***

There are a range of initiatives such as FilmG, YoungScot and Kilted Otter, which already encourage young people to create and participate in social media and other digital activities. Support for this will be expanded and more will be developed in order to enable and encourage more young people to increase their engagement with and use of Gaelic. The importance for young people of face to face socialising will be a key factor in these developments.

***(3.3) More arts organisations, activities and festivals encouraged and supported to include Gaelic***

Gaelic language and culture has long been recognised as a valued, rich and important part of Scotland's identity and attractiveness. As part of the ambition to ensure everybody in Scotland has access to Gaelic arts, funding bodies, such as EventScotland and Creative Scotland, will be encouraged to ensure that in their funding programmes and advisory work that they highlight the importance and attractiveness of Gaelic arts so that these are normalised within arts organisations, activities and festivals.

***(3.4) Increase support from public bodies for Gaelic arts bodies to create opportunities, access, skills, participation***

There is a growing range of Gaelic arts bodies which make the arts accessible, foster new talent through skills development and increased participation. This brings pleasure as well as other social and economic benefits and enables artists to tell their individual and collective stories. Visible commitment and support by public bodies with responsibilities in these sectors will be enhanced to ensure that this growth can continue.

**(3.5) Leudaich solar foillseachaidh Gàidhlig le cothrom agus brosnachadh do sgrìobhadairean agus luchd-cruthachaidh eile**

Gus dèanamh cinnteach gum bi leudachadh air foillseachaidhean agus goireasan eile gus taic a chumail ri 2.2 gu h-àrd, thèid ath-sgrùdadh agus barrachd obair leasachaidh a dhèanamh air prògraman leasachaidh sgìlean thar raon nan roinnean cruthachail a tha an sàs ann am foillseachadh.

## 4. Gnìomhachas agus an Eaconamaidh

***A' cleachdadh na Gàidhlig ann an gnìomhachasan agus iomairtean sòisealta; agus Gàidhlig mar stòras eaconamach ann an Alba.***

Rinneadh grunn rannsachaidhean air buaidh na Gàidhlig air eaconamaidh na h-Alba, le rannsachadh bho chionn ghoirid le MG ALBA agus Comhairle Baile Ghlaschu. Tha na sgrùdaidhean seo a' sealltainn gu bheil àite cudromach aig a' Ghàidhlig ann a bhith a' togail eaconamaidh na h-Alba, àite a tha a' sìor fhàs, gu h-àraidh a thaobh roinnean leithid turasachd, biadh is deoch, agus dualchas agus gum bu chòir cuideam làidir a bhith aice ann an cumhachd ath-nuadhachail agus leasachaidhean glacaidh carbon air fearainn is aig muir - roinnean a tha a' sìor fhàs.

### GNÌOMHAN

***(4.1) Taic do ghnìomhachasan gus cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh ann an seirbheisean agus bathar a bharrachd air san àite-obrach, agus airson leudachadh ann an seirbheisean agus toraidhean***

Agus an t-iarrrtas airson ionnsachadh na Gàidhlig agus ùidh anns a' chànan agus a' chultar a' dol am meud, tha cothroman aig gnìomhachasan, an dà chuid san roinn phrìobhaidich agus san treas roinn, na seirbheisean agus am bathar aca a leudachadh gus seirbheisean is bathar co-cheangailte ris a' Ghàidhlig agus tro mheadhan na Gàidhlig a sholarachadh. Bidh ùghdarrasan poblach aig a bheil dleastanasan leasachadh eaconamach air am brosnachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' brosnachadh nam buannachdan a thig bhon Ghàidhlig, agus gu bheil a' chomhairle agus an taic aca a' gabhail a-steach mothachadh air a' Ghàidhlig agus gnìomhan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig.

***(3.5) Expand Gaelic publishing provision of opportunity and encouragement to writers and other creators***

In order to ensure expansion of publications and other resources to support 2.2 above, programmes for skill development across the range of creative sectors involved in publishing will be reviewed and further developed.

## 4. Business and the Economy

***Using Gaelic in businesses and social enterprises; and Gaelic as an economic asset in Scotland.***

The impact of Gaelic in the Scottish economy has been the subject of a number of studies, most recently by MG ALBA and Glasgow City Council. These studies demonstrate that Gaelic has an important and increasing place in building the Scottish economy, particularly in relation to sectors such as tourism, food and drink, heritage and should have a strong emphasis in the growing renewables and land and maritime carbon capture developments.

### ACTIONS

***(4.1) Support for businesses to increase the use of Gaelic in services and products as well as in the workplace, and for expansion of services and products***

As the demand for Gaelic learning and interest in the language and culture increases, businesses, both private and third-sector, have opportunities to expand their services and products to provide Gaelic-related and Gaelic-medium services and products. Public authorities with economic development functions will be encouraged to ensure that the advantages that Gaelic brings are promoted, and that their advice and support includes awareness of Gaelic and Gaelic-related actions.

***(4.2) Leudaich an rannsachadh mun bhuaidh eaconamaich aig a' Ghàidhlig ann an Alba***

Chomharraich an sgrùdadh cruth-atharrachail Ar Stòras Gàidhlig ann an 2014, gum faodadh luach na Gàidhlig do dh'eaconamaidh na h-Alba a bhith eadar £81.6 millean agus £148.5 millean. Tha co-theacsa na Gàidhlig air atharrachadh gu mòr bhon uair sin, gu sònraichte a thaobh àireamh an luchd-ionnsachaidh, agus bhiodh e feumail an rannsachadh seo ath-dhèanamh agus a cho-fhilleadh leis na toraidhean bho rannsachadh eile, mar eisimpleir an rannsachadh a tha ga thoirt air adhart ann an Glaschu. Bheireadh seo seachad fianais a bharrachd airson leasachaidhean eaconamach a bharrachd agus barrachd brosnachadh dhan chànan agus do ghnìomhachasan.

***(4.3) Sgilean tionnsgalachd agus ceannais gu bhith air an cruthachadh ann an trèanadh gnìomhachais a thèid a chruthachadh gus libhrigeadh sa Ghàidhlig***

Mar phàirt den iomairt gus fàs a thoirt air gnìomhachd thionnsgalach agus fàs eaconamach a mheadachadh, bithear a' rannsachadh chothroman agus iarrtas airson sgilean tionnsgalachd agus ceannais tro mheadhan na Gàidhlig ann an trèanadh gnìomhachais agus thèid cùrsaichean iomchaidh a chruthachadh agus a libhrigeadh gus am bi a' Ghàidhlig air a làn fhighhe a-steach dhan iomairt airson leasachadh sgilean tionnsgalachd.

***(4.4) Leudaich margaidh obrach na Gàidhlig tro bhith a' brosnachadh dhreuchdan a tha a' cur luach air sgilean Gàidhlig, preantasachdan, leasachadh sgilean agus prògraman trèanaidh agus neartaich slighean obrach agus planadh leantainneachd airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig air a meas riatanach no na buannachd***

Is e fear de na dùbhlain mu choinneamh fàs leantainneach ann an leasachadh na Gàidhlig luchd-labhairt sgileil Gàidhlig gu leòr a bhith ann gus an t-iarrtas a choileanadh airson barrachd luchd-obrach le Gàidhlig, co-dhiù tha seo ann am foghlam, ann am buidhnean poblach eile no ann am buidhnean san roinn phrìobhaidich no san treas roinn. Bidh prìomh àite aig na buidhnean poblach sin air a bheil uallach airson trèanadh is leasachadh, cho math ri luchd-comhairle dhreuchdan, ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil comhairle mu dhreuchdan agus slighean trèanaidh rim faighinn do luchd-labhairt na Gàidhlig, co-cheangailte ri leasachadh dreuchdail is proifeiseanta.

***(4.2) Extend research on the already established economic impact of Gaelic in Scotland***

A landmark study in 2014, Ar Stòras Gàidhlig, identified that the potential economic value of Gaelic to the Scottish economy could be in the region of between £81.6 million and £148.5 million. The Gaelic context has changed significantly since then, primarily with regard to the number of learners, and it would be beneficial to re-visit this study and integrate it with the findings from other research, such as that being progressed in Glasgow. This would provide evidence for further economic developments, promotion and support for the language and businesses.

***(4.3) Entrepreneurial and leadership skills in business training to be developed for delivery in Gaelic***

As part of the drive to increase entrepreneurial activity and economic growth, the opportunity and demand for Gaelic-medium entrepreneurial and leadership skills in business training will be researched and appropriate courses developed and delivered so that Gaelic is fully integrated into the drive for entrepreneurial skill development.

***(4.4) Expand the Gaelic labour market through promoting careers which value Gaelic skills, apprenticeships, skill development and training programmes and strengthen career routes and succession planning for careers where Gaelic is deemed essential or desirable***

One of the challenges for continued growth in Gaelic development is having sufficient skilled Gaelic-speakers to meet the increased demand for Gaelic-speaking staff, whether in education, other public sector organisations or in private or third-sector organisations. Those public bodies which have responsibility for training and development, as well as career advice, will have a key role in ensuring that career advice and training routes are available for Gaelic speakers, linked with vocational and professional development.



**(4.5) Ni an roinn phoblach, ag obair ann an com-pàirteachas leis an roinn phrìobhaidich, cinnteach gum bi tasgadh ann an cumhachd ath-nuadhachail, atharrachadh cliomaid agus leasachaidhean co-cheangailte riutha buannachdail do choimhearsnachdan agus dhan Ghàidhlig**

Tha prìomh àite aig buidhnean leasachaidh, ag obair leis an roinn phrìobhaidich, ann a bhith dèanamh cinnteach gu bheil comhairle agus taic ann dhan roinn phrìobhaidich a bheir comas dhi cur ri fàs na Gàidhlig anns na coimhearsnachdan leis a bheil i ag obair. Bu chòir an ceangal bunaiteach eadar fearann is coimhearsnachd is cànan a neartachadh ann an com-pàirteachasan poblach/priobhaideach agus leasachaidhean fearainn coimhearsnachd.

## 5. Ùghdarrasan Poblach

**Taic aig ùghdarrasan poblach dhan Ghàidhlig agus aithne air cho cudromach 's a tha ceuman sòisealta agus eaconomach nas fharsainghe dhan Ghàidhlig.**

Tha taic nach beag aig ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach dhan Ghàidhlig agus tha raon farsaing de dh'iomairtean an sàs gus taic a chumail ri Gàidhlig. Chithear seo le buidhnean a tha a' dèiligeadh ri foghlam, dualchas, turasachd, fearann agus coimhearsnachd, na h-ealainean agus barrachd. Tha raon ùghdarras nàiseanta aig tòrr de na buidhnean sin agus is urrainn dhaibh cur ri taic dhan Ghàidhlig agus a bhith a' toirt fàs air a' Ghàidhlig air feadh na h-Alba.

Tha Adhartas nas Luaithe, iomairt chruth-atharrachail air a stiùireadh le Ministearan na h-Alba, air buidhnean nàiseanta agus prìomh ùghdarrasan aig a bheil planaichean Gàidhlig a thoirt còmhla gu soirbheachail gus sruthan-obrach a thoirt air adhart agus gus prìomh ghealltanasan Gàidhlig a libhrigeadh tro cho-obrachadh.

Tha fòcas làidir air a' Ghàidhlig ann am Plana Nàiseanta nan Eilean agus tha prìomhachasan ann mun Ghàidhlig agus cuideachd mu prìomhachasan sòisealta, eaconomach agus bun-structair nas fharsainghe a tha cudromach do bheatha sna h-eileanan far a bheil a' Ghàidhlig ga bruidhinn.

### GNÌOMHAN

**(5.1) Faigh buaidh nas motha bho Phlanaichean Gàidhlig, a thaobh an raoin de dh'ùghdarrasan, agus libhrigeadh, brosnachadh agus ìre cleachdaidh nan seirbheisean a bheirear seachad anns na coimhearsnachdan air leth aca, agus air an èifeachdas aca**

**(4.5) The public sector, working in partnership with the private sector, will ensure that renewables, climate change investment and other developments should deliver for communities and for Gaelic**

Development agencies, working with the private sector, have a key role in ensuring that there is advice and support for the private sector which enables it to contribute to the growth of Gaelic in the communities with which it works. The intrinsic connection between land and community and language should be strengthened in public/private partnerships and community land developments.

## 5. Public Authorities

**Public authority support for Gaelic and recognition of the importance of wider social and economic measures for Gaelic.**

There is significant support from local authorities and public bodies for Gaelic and a wide range of initiatives are in place to support Gaelic. This can be seen in bodies dealing with education, heritage, tourism, land and environment, the arts and more. Many of these are organisations with a national remit and can contribute to the support for and growth of Gaelic across Scotland.

The Faster Rate of Progress, a transformational initiative led by Scottish Ministers, which has successfully brought together national organisations and key authorities which have Gaelic language plans to progress workstreams and deliver key Gaelic commitments through collaboration.

The National Islands Plan includes a strong focus on Gaelic and has included priorities for Gaelic and also on wider social, economic and infrastructural priorities that are important to life in islands where Gaelic is spoken.

### ACTIONS

**(5.1) Build even greater impact from Gaelic Language Plans, the range of authorities, the provision, promotion and uptake of the services offered in their individual communities and their effectiveness**

Tha 67 ùghdarrasan poblach air planaichean Gàidhlig ullachadh, no tha iad gan ullachadh. Tha na h-ùghdarrasan a' gabhail a-steach riaghaltas, ùghdarrasan ionadail, buidhnean foghlaim, buidhnean iomairt is sgilean, seirbheisean slàinte is èiginn, spòrs, cultar, dualchas is àrainneachd, buidhnean còmh-dhail, agus buidhnean ann an roinn an fhearainn. Tha na planaichean a' mìneachadh dè nì gach ùghdarras gus seirbheisean a chruthachadh agus a sholarachadh do luchd-labhairt na Gàidhlig, a' gabhail a-steach pròiseactan agus iomairtean ùra a bharrachd air a bhith a' mìneachadh mar a chleachdas iad Gàidhlig nan gnothaichean corporra.

Tha an [Ro-innleachd Turasachd Ghàidhlig](#) a dheasaich agus a bhuilich VisitScotland, le farsaingeachd de chom-pàirtichean, na h-eisimpleir de dh'iomairt mhòr le ùghdarrasan poblach. Tha an ro-innleachd, anns a bheil plana gnìomh, a' mìneachadh mar a bhios buidhnean turasachd a' cur ri cleachdadh is brosnachadh na Gàidhlig. Am measg nam builean gu ruige seo tha iomairtean leithid Scotland's Gaelic Islands, iomairt margaidheachd a tha a' mìneachadh na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar ann an teacsa agus bhidiothan, agus a tha a' cruthachadh chothroman cosnaidh do luchd-labhairt na Gàidhlig.

Bidh an ath cheum a thaobh planaichean Gàidhlig a' gabhail a-steach àireamh nas motha de dh'ùghdarrasan poblach a bhith a' deasachadh agus a' cur an gnìomh phlanaichean, a bharrachd air barrachd dùil gum bi an fheadhainn aig a bheil planaichean mar-thà a' Ghàidhlig àbhaisteachadh barrachd thairis air na raointean gnìomhachd aca gu lèir.

**(5.2) Bheir Riaghaltas na h-Alba Bile nan Cànan Albannach air adhart leis a' Ghàidhlig aig a chridhe**

Cruthaichidh obair leasachaidh air a' Bhile seo cothroman gus seasamh na Gàidhlig ann an Alba a neartachadh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil ag aithneachadh agus a' neartachadh a pàirt ann a bhith cur ri iomadachd ann an Alba, ann a bhith a' cur ri sunnd, coileanadh foghlaim, beairteas eaconamach, ri cultar agus ri neartachadh choimhearsnachdan.

**(5.3) Beachdaichidh Riaghaltas na h-Alba air Gàidhealtachd a chruthachadh**

Seo modal leasachaidh a tha ga chleachdadh ann an Èirinn gus taic a chumail ri coimhearsnachdan cànanain tro bhith ag aithneachadh nam feumalachdan sònraichte aca. Tha grunn rannsachaidhean acadaimigeach ann an Alba air sealltainn gu bheil cleachdadh làitheil na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan dùthchail is traidiseanta a' crìonadh. Dh'fhaodte gur e seo modal a dh'fhaodadh taic a thoirt do na coimhearsnachdan seo a bharrachd air na coimhearsnachdan ann am bailtean agus cathair-bhailtean.

There are currently 67 public authorities with, or developing, Gaelic language plans. The authorities include government, local authorities, education bodies, enterprise and skills agencies, health and emergency services, sports, culture, heritage and environment bodies, transport bodies, and land sector agencies. The plans set out what each authority will do to develop and provide services for Gaelic speakers, including new projects and initiatives as well as how they will use Gaelic in their corporate affairs.

One example of a major initiative by a public authority is the development and implementation of a [Gaelic Tourism Strategy](#) by VisitScotland, with a wide range of partners. The strategy, which includes an action plan, sets out how tourism bodies will increase the use and promotion of Gaelic. Outcomes to date have included initiatives such as [Scotland's Gaelic Islands](#), a promotion campaign which explains in text and videos about Gaelic in the Western Isles, and creating employment opportunities for Gaelic speakers.

The next phase of Gaelic language plans will include an increased number of public authorities developing and implementing plans, as well as an increased expectation from those with existing plans for greater normalisation of Gaelic across all their areas of activity.

**(5.2) SG will take forward a Scottish Languages Bill with provision for Gaelic at its core**

The development of this Bill will create opportunities to strengthen the standing of Gaelic in Scotland and ensure that its part in contributing to the diversity of Scotland, in increasing wellbeing, educational attainment, economic prosperity, cultural contribution and strengthening communities is acknowledged and strengthened.

**(5.3) Scottish Government will explore the creation of a Gàidhealtachd**

This is a model of development used in Ireland to strengthen support for language communities through recognition of their particular needs. A number of academic studies in Scotland have shown that the use of Gaelic on a daily basis in the traditional island and rural communities is decreasing. This may be one model which can support those communities as well as those communities in towns and cities.

**(5.4) Dèan cinnteach gu bheil Gàidhlig mar phàirt de, agus na prìomhachas, ann an gnìomhan bho Achd nan Eilean**

Tha [Plana Nàiseanta Eileanan na h-Alba](#) na fhrèam-obrach airson obair gus cur ri leas nan coimhearsnachdan eileanach gu brioghmhor. Taobh a-staigh seo agus anns a' Phlana Buileachaidh ceangailte ris, tha Gàidhlig na pàirt ann an iomadh amas ro-innleachdail. Tha na sgrìobhainnean seo nam frèam-obrach airson a bhith a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig le ùghdarrasan poblach agus ann an coimhearsnachdan eileanach. Seallaidh na h-aithisgean bliadhnail mar a thathar a' cur ri a cleachdadh anns na h-amasan ro-innleachdail tro bheatha a' Phlana Buileachaidh. Cumaidh cleachdadh èifeachdach den Stiùireadh ùraichte air Measadh Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach taic ris a' ghnìomh seo.

**(5.5) Nì Riaghaltas na h-Alba ath-sgrùdadh air gnìomhan agus structaran Bòrd na Gàidhlig**

Stèidhich Achd na Gàidhlig 2005 a' bhuidheann phoblach Bòrd na Gàidhlig agus mhìnich e a dh-leastanasan agus a structar. Is e fear de na dleastanasan aige plana nàiseanta ullachadh gach còig bliadhna. Is e fear eile comas a bhith a' toirt air ùghdarrasan poblach planaichean Gàidhlig a dheasachadh agus a chur an gnìomh. Tha an Achd a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air mar a bheirear taobhan den obair air adhart agus, às dèidh na tha sinn air ionnsachadh, tha e iomchaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air mar a ghabhadh an Achd a neartachadh no mar a ghabhadh reachdas eile a thoirt a-steach gus taic a chumail ri leasachaidhean. Anns a' Chuimrigh mar eisimpleir, tha Coimiseanair Cànanain ann a tha a' brosnachadh a' chànanain agus a tha cuideachd a' cur an gnìomh gèilleadh ri inbhean cànanain.

**(5.6) Cuir ri gluasad le iomairt Adhartas nas Luaithe agus fòcas air Gàidhlig ann an struthan-obrach Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean**

Tha Adhartas nas Luaithe, an iomairt a stèidhich an Leas-phrìomh Mhinistear Iain Swinney mar Mhinistear na Gàidhlig air a bhith na mheadhan air co-obrachadh èifeachdach a stèidheachadh eadar Ministear na Gàidhlig agus raon de dh'ùghdarrasan poblach, gu sònraichte an fheadhainn aig a bheil comas a' bhuaidh as motha a thoirt air a' Ghàidhlig. Tha e a' cur aghaidh air prìomh dhùbhlain a thaobh fàs leithid fastadh agus glèidheadh thidsearan FtG; fàs ann an solar, agus ruigsinneachd air goireasan ionnsachaidh inbheach le structar, gu sònraichte SpeakGaelic; leasachadh planadh agus slighean gus solar margaidh obrach na Gàidhlig a mheudachadh. Thèid cuir ris an àireamh de shruthan-obrach a rèir prìomh

**(5.4) Ensure Gaelic is included and prioritised in activity resulting from the Islands Act**

The [National Plan for Scotland's Islands](#) provides a framework for action in order to meaningfully improve outcomes for island communities. Within it and its related Implementation Plan, Gaelic features in many of its strategic objectives. These documents provide a framework for increasing the use of Gaelic by public authorities in island communities. The annual reports will demonstrate how its use is increased in the strategic objectives over the period of the Implementation Plan. The effective use of the revised Island Communities Impact Assessment Guidance will support this action.

**(5.5) Scottish Government will review the functions and structures of Bòrd na Gàidhlig**

The Gaelic Language Act of 2005 set up the public body Bòrd na Gàidhlig and described its functions and how it would be structured. One of its functions is to develop a national plan every five years. Another is to require public authorities to develop and implement individual Gaelic language plans. The Act provides detail on how some aspects of the work is to be taken forward and in light of experience, it is appropriate to review how the Act could be strengthened or other legislation introduced to support developments. In Wales for example, there is a Language Commissioner who promotes the language and also enforces compliance with the language standards.

**(5.6) Enhance momentum with the Faster Rate of Progress initiative and the focus on Gaelic in the Convention of the Highlands and Islands (CoHI) workstreams**

Faster Rate of Progress, the initiative established by Deputy First Minister John Swinney as Minister for Gaelic has been instrumental in establishing effective collaborative working between the Minister for Gaelic and a range of public authorities, particularly those with the ability to achieve maximum impact for Gaelic. It is addressing key challenges to growth such as GM teacher recruitment and retention; growth in provision of, and accessibility to structured adult learning resources, primarily SpeakGaelic; developing planning for and routes to increase the Gaelic labour market supply. The number of workstreams will be increased in line with developing

chothroman a tha a' tighinn am bàrr agus gus buaidh nas motha a thoirt air CoHL.

**(5.7) Cuir ris a' cho-òrdanachadh eadar na pròiseactan uile a tha a' neartachadh agus a' glèidheadh beothalachd cànanach na Gàidhlig**

Tha grunn institiudan agus buidhnean a' libhrigeadh phròiseactan air leth cudromach gus dèanamh cinnteach gu bheil beairteas agus beothalachd na Gàidhlig air a chumail suas agus gun tèid misneachd luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a neartachadh sna sgìlean cànan aca. Tha iad seo a' gabhail a-steach pròiseactan leithid Faclair na Gàidhlig, Dachaigh Airson Stòras na Gàidhlig, cho math ri An Leacan, briathrachas ùr do sgoiltean (An Seotal), comhairle le ainmean-àite (Ainmean-àite na h-Alba) agus obair Gaelic Algorithm Research Group. Tha na rudan seo uile a' nochdadh gu bheil tòrr co-obrachaidh a' dol air adhart agus 's e an t-amas a bhith a' cur ri co-obrachadh is co-òrdanachadh.

**A' TOIRT FÀS AIR IONNSACHADH NA GÀIDHLIG**

**6. Dachaigh**

***A' brosnachadh gach nì is ceum a bhrosnaicheas ionnsachadh na Gàidhlig airson daoine òga is teaghlaichean san dachaigh, a' gabhail a-steach teaghlaichean far is dòcha gu bheil dìth misneachd aig buill a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig.***

Is urrainn dhan Ghàidhlig tighinn a-steach dhan dachaigh ann an iomadh dòigh agus tha cothroman ann mothachadh àrdachadh orra seo agus am brosnachadh. Tha iomadh cothrom air-loidhne a bhios daoine aig gach aois a' coimhead air/ag èisteachd ris aig an taigh.

Tha seirbheisean slàinte, obair is gnìomhan na sgoile cuideachd a' cruthachadh chothroman gus Gàidhlig a bhrosnachadh san dachaigh. Tha gnìomhan sa choimhearsnachd agus san àite obrach cuideachd a' toirt buaidh air cleachdadh cànan san dachaigh agus thathar a' brosnachadh a' cheangail chudromaich seo.

Tha taic ann do phàrantan a thaobh cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus tha oifigearan air am fastadh le Comann nam Pàrant gus taic agus brosnachadh a bharrachd a thoirt do seo. Tha comas fìor mhòr aig obair oifigearan leasachaidh Gàidhlig gus taic a chumail ri cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh. Seo cuid den adhartas a rinneadh gu ruige seo agus bhiodh fàilte air na beachdan air dè seòrsa adhartais a bu toil leat fhaicinn ann an ionnsachadh na Gàidhlig san dachaigh agus le teaghlaichean.

key opportunities and to have an increased impact with CoHL.

**(5.7) Increase the co-ordination with all the projects which enrich and retain the vitality of the Gaelic language**

A range of institutions and organisations are delivering critically important projects to ensure that the richness and vitality of the Gaelic language is sustained and that confidence of Gaelic users in their language skills is strengthened. These include projects such as Faclair na Gàidhlig, and the Digital Archive of Scottish Gaelic, as well as An Leacan, new terminology for schools (An Seotal), place-name advice (Ainmean-Àite na h-Alba) and the work of the Gaelic Algorithm Research Group. All of these demonstrate considerable collaborative working and the aim is to increase collaboration and co-ordination.

**INCREASE THE LEARNING OF GAELIC**

**6. Home**

***Promotion of all influences and measures that encourage Gaelic language learning for young people and families in the home, including families where members may lack confidence in using Gaelic.***

There are many Gaelic influences which enter the home and there are opportunities to increase awareness and promotion of these. There are many on-line opportunities that are watched and listened to for all ages in homes.

Health services, school work and activity also provides an opportunity for the promotion of Gaelic in homes. Community and workplace activities also shape language use in the home and this valuable link is being promoted and encouraged.

There is support in place for parents in the use of Gaelic in the home and officers employed by Comann nam Pàrant to further support and encourage this. The work of Gaelic development officers has great potential to support the use of Gaelic in homes. This is some of the progress to date and your views are welcome your views on how you would like to see progress in the use of Gaelic learning in home and with families.

## GNÌOMHAN

### **(6.1) Dèan cinnteach gu bheil goireasan didseatach gus ionnsachadh de dheagh chàileachd a thoirt seachad san dachaigh rim faighinn sa Ghàidhlig**

Aig àm a' ghalair lèir-sgaoilte, thàinig grunn bhuidhnean còmhla gus taic shònraichte a thoirt do theaghlaichean ann an FtG fhad 's a bha na sgoiltean duine - iomairt #cleachdi. A' togail air an obair shoirbheachail seo, bu chòir buidhnean fa leth agus obair com-pàirteachais a leasachadh gus taic a chumail ri ionnsachadh san dachaigh agus ri leudachadh libhrigeadh soirbheachail a' churraicealaim nas fharsainge. Am measg nam prìomh bhuidhnean a bhios a' cur seo air adhart, bidh Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, e-Sgoil, Fèisean nan Gàidheal agus buidhnean a tha a' libhrigeadh stuthan foghlaim (m.e. BBC Alba, Foghlam Alba agus mar sin air adhart.) Tha luchd-obrach Taic Ceangal Teaghlaich FtG a-nis ag obair ann an Glaschu agus Dùn Èideann mar phileat agus bidh taic dhidseatach do theaghlaichean FtG mar eileamaid den obair aca san àm ri teachd.

### **(6.2) A' stèidheachadh agus a' brosnachadh ionadan Tràth-bhliadhnaichean FtG, solar 0-3 agus iomairtean cho-cheangailte**

Bu chòir measadh a dhèanamh air a' phròiseact Tràth-bhliadhnaichean Nàiseanta a tha Comann nam Pàrant (CnamP) a ruith agus molaidhean airson adhartas a bharrachd aontachadh agus a chur an gnìomh. Barrachd is barrachd, bu chòir do Phlanaichean Gàidhlig aig Ùghdarrasan Ionadail a bhith a' toirt cunntas air targaidean leasachaidh FtG Tràth-bhliadhnaichean agus raointean-ama libhrigidh le fianais air soirbheachas air a mhìneachadh ann an Aithisgean Sgrùdaidh nam Planaichean Gàidhlig. Bu chòir sgiobaidhean Leasachaidh Tràth-bhliadhnaichean aig Ùghdarrasan Ionadail a bhith an sàs barrachd is barrachd ann an taic FtG airson Tràth-bhliadhnaichean mar phàirt de dh'abhàisteachadh sheirbheisean FtG. Bu chòir leasachaidhean eile air trèanadh nan tràth-bhliadhnaichean a dhèanamh, a' togail air adhartas a thòisich aig Sabhal Mòr Ostaig (SMO) agus àiteachan eile leithid Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh.

### **(6.3) Ùghdarrasan Ionadail le taic bho bhuidhnean phàrantan nàiseanta is ionadail a' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig ga brosnachadh gu gnìomhach agus gu bheil a' toirt taic do bharrachd theaghlaichean gus Gàidhlig ionnsachadh san dachaigh**

Bu chòir obair Ceangal Teaghlaich FtG a bhith a' planadh agus a' libhrigeadh taic airson a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus bu chòir do mheasaidhean air pròiseactan làithreach molaidhean iomchaidh a dhèanamh airson barrachd obrach. Bidh CnamP na phrìomh chom-pàirtiche gus an tèid an t-eòlas agus na sgilean sa bhuidhinn a chleachdadh gus leasachaidhean

## ACTIONS

### **(6.1) Ensure that the role of digital in delivering quality learning in the home is available for Gaelic**

During the pandemic a range of agencies came together to provide dedicated support for GME families during school closures – the #Cleachdi initiative. Building on this successful experience individual agencies and partnership working should be developed to both support home learning and extend the successful delivery of the wider curriculum. Amongst the key drivers will be Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, e-Sgoil, Fèisean nan Gàidheal and agencies delivering educational materials (e.g. BBC Alba, Education Scotland etc.). There are some pilot GME Family Liaison Support workers now being employed in Glasgow and Edinburgh and future digital support for GME families will feature as an element in their work.

### **(6.2) Establishing and promoting GME Early Years centres, 0-3 provision and related initiatives**

The new national pilot Early Years (EY) Project operated by Comann nam Pàrant (CnamP) should be evaluated and appropriate recommendations for further progress agreed and implemented. Local Authority GLPs should increasingly outline GME Early Years development targets and delivery timescales with evidence of success detailed in GLP Monitoring Reports. Local Authority Early Years Development teams should increasingly be engaged in GME Early Years support as part of the mainstreaming of GME services. During the lifetime of the plan further development in EY training should be undertaken building on progress begun at Sabhal Mòr Ostaig (SMO) and others such as Newbattle Abbey College.

### **(6.3) Local Authorities with the support of national and local parent organisations ensure that GME is actively promoted and that more families are supported in learning Gaelic at home**

GME Family Liaison work should plan and deliver support for learning Gaelic and evaluations of current projects should make appropriate recommendations for further work. CnamP will be a key partner so that the knowledge and expertise in the agency is harnessed to drive forward developments – this will include, for example,



a ghluasad air adhart – bidh seo a’ gabhail a-steach, mar eisimpleir, freagairt do sgrùdaidhean phàrantan a rinn CnamP. Gu bunaiteach bu chòir do gach Ùghdarrasan Ionadail planadh gu gnìomhach airson barrachd leasachaidh air FtG aig ìrean Tràth-bhliadhnaichean, Bun-sgoile agus Àrd-sgoile, no gus seo a libhrigeadh airson a’ chiad uair. Bidh gach Ùghdarras Ionadail aig ìre leasachaidh eadar-dhealaichte agus bithear an dùil gun tèid iad an sàs ann a bhith a’ dealbhadh slighe iomchaidh a dh’ionnsaigh libhrigeadh no leudachadh FtG. Le bhith a’ tabhann tairgse Curraicealaim tharraingeach aig ìre na h-Àrd-sgoile FtG a thèid a leasachadh gach bliadhna, bheir seo misneachd nas fharsainghe do phàrantan gu bheil an lèirsinn FtG airson 3-18 ga phlanadh agus ga libhrigeadh air feadh na dùthcha.

***(6.4) Tha iomairtean agus pròiseactan a tha a’ brosnachadh agus a’ cumail taic ri luchd-ionnsachaidh airson pàrantan FtG air an leudachadh gach bliadhna, a’ toirt comas do bharrachd phàrantan agus luchd-cùraim gus an cànan a chleachdadh gu misneachail san dachaigh***

Bu chòir goireas ùr Chomann nam Pàrant, Tog i – làrach-lìn aon-stad do phàrantan a tha a’ toirt taic do dh’ionnsachadh na Gàidhlig agus FtG – a mheasadh gu h-iomlan agus còmhla ri Gaelic4parents, bu chòir molaidhean airson leudachadh is leasachadh san àm ri teachd aontachadh agus a chur an gnìomh. Bidh e cudromach SpeakGaelic a shioncronachadh le gnìomhan do phàrantan FtG gus dèanamh cinnteach gun toir e deagh bhuaidh air ionnsachadh na Gàidhlig am measg theaghlaichean FtG. Bidh luchd-obrach taic teaghlaich FtG cuideachd an sàs ann a bhith a’ brosnachadh chothroman leithid SpeakGaelic.

***(6.5) Ùghdarrasan poblach agus pròiseactan agus buidhnean Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil ionnsachadh Gàidhlig ga brosnachadh anns an dachaigh***

Mar a chaidh a chomharrachadh, bu chòir do Phlanaichean a bhith a’ nochdadh barrachd is barrachd mar a tha an t-Ùghdarras Ionadail a’ sioncronachadh a sheirbheisean co-cheangailte ri ionnsachadh na Gàidhlig le FtG agus is dòcha Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI). Bidh brosnachadh SpeakGaelic agus solar chlasaichean is thachartasan co-cheangailte riutha cuideachd mar phàirt de phlanaichean Ùghdarras Ionadail airson taic a thoirt do theaghlaichean FtG ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig agus ag ionnsachadh tron Ghàidhlig.

responding to parental surveys undertaken by CnamP. Fundamentally all Local Authorities should actively plan for the further development or initial delivery of GME at Early Years, Primary and Secondary levels. Each Local Authority will be at a different stage in development and will be expected to engage in plotting an appropriate journey towards GME delivery or extension. Providing an attractive GME Secondary Curriculum Offer which is developed annually will instil wider confidence amongst parents that the 3-18 GME vision is being planned and delivered across the country.

***(6.4) Initiatives and projects that encourage and support Gaelic learning for GME parents are extended annually, enabling more parents and carers to use the language confidently at home***

The new Comann nam Pàrant resource, Tog i – a one-stop-shop website for parents supporting Gaelic learning and GME - should be fully evaluated and along with Gaelic4parents, recommendations for future extension and development agreed and implemented. It will be important to synchronise SpeakGaelic with GME parental initiatives to ensure that it impacts positively on learning Gaelic amongst GME families. GME Family Support workers will also have a role to play in promoting opportunities such as SpeakGaelic.

***(6.5) Public authorities and Gaelic projects and bodies to ensure that Gaelic learning is promoted in home life***

As noted, GLPs should increasingly reflect how the Local Authority synchronises its services relating to learning Gaelic with GME and potentially Gaelic Learner Education (GLE). The promotion of SpeakGaelic and provision of related classes and events will also be an element in Local Authority plans for supporting GME families in learning Gaelic and learning through Gaelic.

## 7. Sgoil

**Fàs ann an roinn FtG bho 3-18 agus ann an càileachd an t-solair agus a' dèanamh cinnteach gu bheil brosnachadh agus taic ann airson FtG agus FLI aig gach ìre**

Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig na roinn shoirbheachail is aithnichte taobh a-staigh foghlam na h-Alba. Tha solar thràth-bhliadhnaichean an dà chuid do chloinn aois 0-3 agus 3-5 ann an grunn sgìrean den dùthaich. Tha grunn bhun-sgoiltean a bhios a' toirt seachad foghlam tro mheadhan na Gàidhlig an dà chuid ann an sgoiltean fa leth agus ann an sgoiltean dà-chànanach le dà shruth. Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn ann an grunn shuidheachaidhean san àrd-sgoil agus tha aon sgoil Ghàidhlig fa leth ann an Glaschu. Tha a' Ghàidhlig ri fhaighinn mar Nuadh-chànan ann am bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean tro mheadhan na Beurla ann an iomadh Ùghdarras Ionadail.

Gus taic a chumail ri seo, tha grunn bhuidhnean a tha a' cumail taic ghnìomhach ri luchd-teagaisg, òigridh agus pàrantan. Tha seo a' gabhail a-steach Stòrlann, Sabhal Mòr Ostaig, e-Sgoil, Fèisean nan Gaidheal, Comann nam Pàrant agus barrachd. A bharrachd air sin, tha reachdas an gnìomh a' gabhail a-steach an [Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig](#) a tha a' gabhail a-steach eileamaidean an dà chuid de dh'Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus de dh'Fhoghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Tha grunn bhuidhnean nàiseanta ann le uallach airson FtG agus FLI leithid Foghlam Alba, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba, Leasachadh Sgìlean na h-Alba agus tha iad uile a' cur gu mòr ri FtG agus FLI.

### GNÌOMHAN

**(7.1) Bidh Ùghdarrasan Ionadail agus Riaghaltas na h-Alba a' brosnachadh, a' cumail taic ri agus a' toirt fàs air solar Tràth-bhliadhnaichean, Bun-sgoil agus Àrd-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig**

Brosnaichidh Riaghaltas na h-Alba a bhith a' cruthachadh bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean FtG ùra air feadh na h-Alba. Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) na dheagh dhòigh airson dèanamh cinnteach gun lean soirbheas agus fàs na Gàidhlig an dà chuid ann an sgìrean bailteil is dùthchail. 'S ann nuair a tha làn bhogadh ann airson sgoilearan as soirbheachaile a tha FtG, agus nuair a ghabhas an t-slighe sgoile air fad a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig.

Gus dèanamh cinnteach gu bheil FtG dha-rìribh na bhogadh bidh ro-thaobhadh san fharsaingeachd aig Riaghaltas na h-Alba an

## 7. School

**Growth of the GME sector and in quality of provision and ensuring promotion and support in place for GME and GLE at all levels**

Gaelic medium education is a recognised and successful sector within Scottish education. In a number of areas of the country there is Gaelic early years provision both for 0-3 and 3-5 year olds. There are also a number of primary schools that provide Gaelic medium education both in stand-alone schools and in two stream dual-language primaries. Gaelic-medium education is also available in a range of dual-language secondary settings and there is one stand-alone GME Secondary school in Glasgow. Gaelic as a Modern Language is also available in English-medium primary and secondary schools in various Local Authorities.

In support of this there are a number of bodies active to support teachers, young people and parents. This includes bodies such as Stòrlann, Sabhal Mòr Ostaig, e-Sgoil, Fèisean nan Gaidheal, Comann nam Pàrant and more. In addition, there is legislation in place including the [Statutory Guidance on Gaelic Education](#) covering elements of both Gaelic-medium Education and Gaelic Learners' Education There are a number of national bodies with responsibilities for GME and GLE such as Education Scotland, Scottish Qualifications Authority, Scottish Funding Council, General Teaching Council of Scotland, Skills Development Scotland and they all make important contributions to both GME and GLE.

### ACTIONS

**(7.1) Local Authorities and SG promote, support and grow GM Childcare and Early years, Primary and Secondary provision**

SG will encourage the creation of new GME primary and secondary schools across Scotland. Gaelic Medium Education (GME) is a key driver for ensuring that Gaelic continues to thrive and grow in both urban and rural areas. GME education is at its most successful when it is fully immersive for pupils, and when an entire school career can be delivered through the medium of Gaelic.

To ensure that the GME experience is truly immersive SG will have a general presumption against co-locating GME

aghaidh a bhith a' co-shuidheachadh sgoiltean FtG le sgoiltean tro mheadhan na Beurla.

**(7.2) Cumaidh ùghdarrasan ionadail taic ri, agus cuiridh iad fàs air Gàidhlig mar nuadh-chànan a rèir na iomairt 1+2 nàiseanta**

'S e Iomairt 1+2 am poileasaidh àrd-amasach aig Riaghaltas na h-Alba airson nuadh-chànanan ann an sgoiltean. Tha e a' toirt cothrom do gach pàiste ann an Alba nuadh-chànan ionnsachadh bho BS1 air adhart (L2); tha còir aig gach pàiste, g e b' e dè an comas a th' aca, dàrna nuadh chànan ionnsachadh bho BS5 air adhart (L3); agus tha e an urra ri Ùghdarrasan Ionadail co-dhùnadh ciamar a thèid seo a chur air dòigh agus cuine. Tro bheatha a' Phlana seo, nì gach roinn cinnteach gum faigh clann ann an Alba cothrom a bhith ag ionnsachadh, agus ag ionnsachadh mun Ghàidhlig mar L3 no L2. Cuiridh seo ri tuigse air agus ùidh ann an Gàidhlig gu nàiseanta agus cruthaichidh e slighe a-steach gu ionnsachadh na Gàidhlig mar nuadh-chànan san àrd-sgoil.

**(7.3) Dèan cinnteach gu bheil an tairgse dhidseatach gus an curraicealaim air-loidhne a libhrigeadh a' neartachadh agus a' leudachadh FtG agus FLI ann an sgoiltean aig ìre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile gach bliadhna**

Tha e-Sgoil air adhartas a dhèanamh ann a bhith a' libhrigeadh taic dhan roinn FtG agus do dh'ionnsachadh na Gàidhlig mar nuadh-chànan tro na tha e a' cur ri libhrigeadh chùrsaichean bun-sgoile agus àrd-sgoile agus ri daoine a bhith a' faighinn theisteanasan ann am FtG agus FLI. Bheir ath-sgrùdaidhean stèidhichte air fianais sùil air buaidh, agus planadh agus aithris bhliadhnail air an adhartas seo taic do phlanadh airson leasachadh a bharrachd. Bheir ath-sgrùdadh air solar cothroman ionnsachaidh proifeiseanta airson raon FtG agus FLI, le e-Sgoil, Stòrlann Nàiseanta na h-Alba, Foghlam Alba agus com-pàirtichean eile leithid SMO, an gnìomh seo air adhart cuideachd.

**(7.4) Cruthaich agus leudaich tairgse curraicealaim FtG iomchaidh airson gach cuid Foghlam Coitcheann Farsaing agus an Ìre as Àirde san àrd-sgoil**

Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltanais a dhèanamh an raon de chuspairean a ghabhas teagasg ann am FtG a neartachadh an dà chuid airson foghlam coitcheann farsaing agus aig an ìre as àirde.

Bu chòir gach aonad a tha a' toirt seachad solar FtG san àrd-sgoil planadh leasachaidh bliadhnail a dhèanamh agus aithisg adhartas a thoirt seachad mar phàirt den phròiseas inbhean is càileachd aca. Bu chòir dhan phrògram sgrùdaidh nàiseanta

schools with English medium schools.

**(7.2) Local Authorities support and grow Gaelic as a modern language in line with the 1+2 national initiative**

The 1+2 Initiative is the Scottish Government's ambitious modern language policy for schools. It provides every child in Scotland with the opportunity to learn a modern language from P1 onwards (L2); each child, irrespective of ability, should have the right to learn a second modern language from P5 onwards (L3); and it falls to Local Authorities to decide how and when to implement this. During the life of this Plan, all sectors will ensure that children in Scotland are provided with an opportunity to learn, and learn about, Gaelic as an L3 or L2. This will increase the understanding and interest in Gaelic language nationally and create a pathway to learning Gaelic as a modern language in the secondary.

**(7.3) Ensure the digital offer for online curriculum deliver strengths and expands GME and GLE in schools at primary and secondary levels annually**

e-Sgoil has made progress in delivering support for the GME sector and learning Gaelic as a modern language through its contribution to primary and secondary course delivery and the gaining of qualifications within GME and GLE. Evidence-based reviews of impact, and annual planning and reporting on this progress will support planning for further development. A review, with e-Sgoil, Stòrlann Nàiseanta na h-Alba, Education Scotland and other partners such as SMO, of the provision of Professional Learning opportunities aimed at the GME sector and GLE provision will also take forward this action.

**(7.4) Develop and extend an appropriate GME curriculum offer for both Broad General Education and Senior Phase in the secondary sector**

SG has made a commitment to strengthen the range of subjects that can be taught in GME for both a broad general education and in the senior phase of secondary school.

All GME Secondary provision should provide annual improvement planning and a report on progress as part of their standards and quality process. The national inspection programme should clearly identify

comharrachadh gu soilleir far a bheil adhartas ga dhèanamh agus far a bheil obair leasachaidh a bharrachd a dhìth. Bu chòir do gach ionad a tha a' libhrigeadh foghlam FtG san Àrd-sgoil Tairgse Curraicealaim FtG a tha soilleir agus tarraingeach a thoirt seachad agus leasachaidhean bliadhnail a cheangal ri planadh leasachadh bliadhnail na sgoile airson FtG.

**(7.5) Dèan cinnteach gu bheil gu leòr luchd-obrach agus ghoireasan ann airson FtG agus FLI**

Nì Riaghaltas na h-Alba tasgadh gus cur ris an àireamh de luchd-teagaisg a tha comasach air teagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an galar lèir-sgaoilte air sealltainn cho cudromach agus luachmhor 's a tha e-Sgoil agus Stòrlann ann a bhith a' toirt seachad goireasan foghlaim Gàidhlig. Nì sinn cinnteach gum faigh iad taic fhathast gus an urrainn dhaibh cuideachadh ann am foghlam sgoile, ionnsachadh inbheach, taic luchd-teagaisg agus ionnsachadh coimhearsnachd.

**(7.6) Dèan cinnteach gun tèid gealltanasan Riaghaltas na h-Alba air FtG a thoirt air adhart agus a libhrigeadh**

Cuiridh libhrigeadh nan gealltanasan roimhe seo an gnìomh gealltanais Riaghaltas na h-Alba airson dòigh-obrach ro-innleachdail nàiseanta ùr a tha air aithneachadh mar rud riatanach ma tha na h-ìrean adhartais nas luaithe gu bhith ann a tha a dhìth airson na Gàidhlig.

## 8. Foghlam às dèidh na sgoile

***Cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh, cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh aig ìre Foghlam Adhartaich is Àrd-ìre agus slighean a-steach gu teagasg FtG/FLI agus gu rannsachadh.***

Tha làithreachd làidir ann an roinn an fhoghlam Àrd-ìre is Adhartaich, le cothroman an dà chuid aig ìre fo-cheum is iar-cheum. Tha grunn chothroman gus Gàidhlig ionnsachadh ann an iomairtean cudromach leithid SpeakGaelic cho math ri LearnGaelic, GoGaelic, Gaelic for Parents, Duolingo agus aplacaidean cànan eile. Tha àite cudromach aig Sabhal Mòr Ostaig ann an ionnsachadh, foghlam agus rannsachadh na Gàidhlig às dèidh na sgoile, mar a th' aig buidhnean acadaimigeach eile. Tha fàs air a bhith ann thar nam beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh ann an solar chùrsaichean inntigridh airson na Gàidhlig. Agus tha foghlam thidsearan Gàidhlig agus taic do thidsearan ann agus solar ionnsachaidh didseatach Gàidhlig, a chaidh a leudachadh gu mòr, agus susbaint didseatach tarraingeach uile ri fhaighinn sa Ghàidhlig. Agus tha cothroman rannsachaidh ann an ionadan acadaimigeach agus cuideachd leasachadh air goireasan cànan, leithid Faclair na

where progress is being made and where additional development is required. Each GME Secondary provision should articulate a clear and attractive GME Curriculum Offer and link annual improvements to the annual school improvement planning for GME.

**(7.5) Ensure provision of high quality GME and GLE staffing and resources**

SG will invest to increase the number of teachers who can teach in the medium of Gaelic. The pandemic highlighted the importance and value of e-Sgoil and Stòrlann in making Gaelic education resources available. We will ensure they continue to be supported in order to help in school education, adult learning, teacher support and community learning.

**(7.6) Ensure progress and delivery of SG Manifesto commitments on GME**

The delivery of the preceding commitments will implement the SG commitment for a new national strategic approach which is recognised as essential if there are to be the faster rates of progress required for Gaelic.

## 8. Post-school

***Opportunities to learn Gaelic, to provide Gaelic learning in FE/HE institutions, routes into GME/GLE teaching and research.***

Gaelic has a strong presence in the HE and FE sector with both undergraduate and post graduate opportunities. There are also many opportunities to learn Gaelic in important initiatives such as SpeakGaelic as well as in LearnGaelic, GoGaelic, Gaelic for Parents, Duolingo and other language apps. Sabhal Mòr Ostaig also has a key role in post-school Gaelic learning, education and research as do other academic institutions. There has been the growth over recent years of increased provision of access courses for Gaelic language. Then there is Gaelic teacher education and teacher support and greatly increased Gaelic digital learning provision and attractive digital content available in Gaelic. Then research opportunities in academic institutions and also the development of linguistic resources, such as Faclair na Gàidhlig, Tobar an Dualchais, Ainmean Àite na h-Alba,

Gàidhlig, Tobar an Dualchais, Ainmean-Àite na h-Alba, DASG agus An Seotal, teicneòlas cainnt-gu-teacs agus barrachd. Chan eil annta seo ach eisimpleirean de dh'adhartas agus feumar an t-adhartas seo a leasachadh barrachd.

## GNÌOMHAN

### ***(8.1) Brosnachadh agus taic ri SpeakGaelic agus cothroman foghlam eile do dh'inbhich***

Tha fianais thòiseachail às dèidh bogadh SpeakGaelic fàbharach agus bidh e cudromach togail air na gluasadan làithreach ann an com-pàirteachas le solaraidhean eile do luchd-ionnsachaidh inbheach air feadh na h-Alba. Mar a bhios SpeakGaelic a' cur ris an raon ghoireasan a tha e a' solarachadh, bidh e cudromach measadh a dhèanamh air èifeachdas agus rannsachadh a dhèanamh air gach taobh den libhrigeadh làithreach agus far am faodar adhartas a libhrigeadh san àm ri teachd, agus barrachd co-òrdanachadh a dhèanamh air na diofar iomairtean a tha ann an-dràsta.

### ***(8.2) Sgilean Gàidhlig gu bhith mar phàirt de, agus air am brosnachadh ann an cothroman cosnaidh, slighean fastaidh, trèanadh sgilean agus preantasachdan***

Ann an com-pàirteachas le buidhnean leithid Leasachadh Sgilean na h-Alba, planaich agus cumaidh Bòrd na Gàidhlig taic ri iomairtean iomchaidh a tha a' brosnachadh dreuchdan sa Ghàidhlig. Bidh e cudromach cumail air ùid a thogail am measg òigridh ann am FtG mu mar a chleachdas iad an cuid dà-chànanaidh mar bhuannachd nuair a bhios iad a' sireadh obrach. Cuiridh Planaichean Gàidhlig ri fàs ann an iartas airson sgilean Gàidhlig sa mhargaidh obrach.

### ***(8.3) Buidhnean nàiseanta a' cumail orra a' brosnachadh Cùrsaichean Trèanaidh Luchd-teagaisg FtG, slighean a-steach do theagasg FtG/FLI agus taic do phroifeiseantaich***

A' togail air an obair com-pàirteachais le GTCS, cumaidh Bòrd na Gàidhlig air a' toirt taic do thidsearan clàraichte gus a dhol an sàs ann an ionnsachadh na Gàidhlig no beachdachadh air dreuchdan ann am FtG no FLI. Bithear a' measadh a' phileit air Teisteanas Teagaisg a Bharrachd airson Gàidhlig mar Nuadh-chànanaidh agus thèid molaidhean a dhèanamh airson barrachd obair leasachaidh gus taic a chumail ri ionnsachadh proifeiseanta ann an sgiobaidhean Nuadh-chànanaidh tro mheadhan na Beurla agus gus libhrigeadh nas fharsainge den Ghàidhlig mar nuadh-chànanaidh a chur an comas. A bharrachd air seo, thèid taic a chumail ri iomairtean sanasachd gus dèanamh cinnteach gum fàs solar airson na Gàidhlig ann an Cùrsaichean Trèanaidh Luchd-teagaisg.

DASG and An Seotal, speech-to-text technology and more. These are only some examples of progress and this progress needs to be developed further.

## ACTIONS

### ***(8.1) Promotion and support for SpeakGaelic and other adult education opportunities***

Initial evidence following launch of SpeakGaelic is positive and it will be important to build on current momentum in partnership with other adult learning provision across the country. As SpeakGaelic develops the range of resources it is providing, it will be important to evaluate effectiveness and conduct research on both aspects of current delivery and where future progress may be delivered, and increase co-ordination of the various initiatives now in place

### ***(8.2) Gaelic skills included in careers opportunities, routes to employment, skills training and apprentices***

In partnership with agencies such as Skills Development Scotland, Bòrd na Gàidhlig will plan and support appropriate interventions highlighting careers in Gaelic. It will be important to continue to develop interest amongst young people in GME in how they can use their bilingualism as an advantage when seeking employment. GLPs will also contribute to the increasing demand for Gaelic skills in the labour market.

### ***(8.3) National agencies continue to promote GME Initial Teacher Education, routes into GME/GLE teaching and support for professionals***

Building on the partnership work with the GTCS, Bòrd na Gàidhlig will continue to support registered teachers to both engage with learning Gaelic or consider careers in GME or GLE. The Additional Teaching Qualification for Gaelic as a Modern Language pilot will be evaluated and recommendations made for further development to support professional learning in English-medium Modern Languages teams and enable wider delivery of Gaelic as a modern language. Furthermore national promotional campaigns will be supported to ensure that Initial Teacher Education (ITE) Gaelic provision grows and expands.



***(8.4) Tha raon farsaing de chothroman ionnsachaidh Gàidhlig ann an institiudan Foghlam Adhartach/Foghlam Àrd-ìre***

Gus na rùintean sin a choileanadh nì Riaghaltas na h-Alba cinnteach gu bheil àite Sabhal Mòr Ostaig mar ionad sàr-mhathais airson trèanadh Gàidhlig an dà chuid air aithneachadh agus a' faighinn taic, le maoinachadh sònraichte gus cùrsaichean FE/HE a thabhann tro agus airson Gàidhlig. Mar a' phrìomh institiud foghlam Gàidhlig aig an treas ìre gu nàiseanta tha prìomh àite aig Sabhal Mòr Ostaig ann a bhith a' cumail taic ri dh'FhtG aig gach ìre agus ri raon farsaing de dh'iomairtean coimhearsnachd Gàidhlig. A bharrachd air sin gheibh an solar ITE ann an Oilthigh Dhùn Èideann agus Oilthigh Shrath Chluaidh taic shònraichte fhathast gus cothrom a thoirt do chleachdadh nas fharsaing de na cùrsaichean a tha na h-ionadan sin a' toirt seachad.

***(8.5) Rannsachadh - thèid taic a chumail ri seo gus cur ri tuigse air agus èifeachdas obair leasachaidh na Gàidhlig***

Tha an rannsachadh a nì institiudan acadaimigeach agus eile ro-chudromach gus adhartas, atharrachadh agus cothroman a mheasadh. Aig an am seo, tha e' gabhail a-steach Oilthighean na Gàidhealtachd is nan Eilean, Ghlaschu, Ghlaschu Caledonian, Dhùn Èideann, Obar Dheathain cho math ri Sabhal Mòr Ostaig, institiudan agus pròiseactan eile, leithid Bilingualism Matters. Tha e a' gabhail a-steach rannsachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan, dà-chànanas, buannachdan FtG, leasachadh cànanach, buaidhean eaconomach, cleachdaidhean teicneòlasach agus tòrr a bharrachd. Cumaidh rannsachadh air a' fiosrachadh tasgadh stòrasan, gnìomhan agus dòighean-obrach a thaobh dùbhlain is cothroman. Tha seo fìor a thaobh gach taobh de leasachadh na Gàidhlig agus leanaidh taic ris tro bheatha a' Phlana seo.

***(8.4) Availability of wide range of opportunities to pursue Gaelic learning in Further Education/Higher Education institutions***

In order to achieve these ambitions, SG will ensure that Sabhal Mòr Ostaig's place as a centre of excellence for the provision of Gaelic training is both recognised and supported, with dedicated funding to offer FE/HE courses through and for Gaelic. As the nation's leading third level Gaelic education institution Sabhal Mòr Ostaig has a key role in supporting GME at all levels and a wide range of Gaelic community initiatives. In addition the ITE provision at the University of Edinburgh and the University of Strathclyde will continue to receive dedicated support to enable wider uptake of courses provided by these institutions.

***(8.5) Research is supported to improve understanding and effectiveness of Gaelic development***

The research carried out by academic institutions and others is essential in evaluating progress, change and opportunity. It currently involves Universities of Aberdeen, Edinburgh, Glasgow, Glasgow Caledonian, and Highlands and Islands as well as Sabhal Mòr Ostaig, other institutions and projects such as Bilingualism Matters. It includes research on Gaelic use in communities, bilingualism, benefits of GME, linguistic development, economic impacts, technological applications and much more. Research will continue to inform investment of resources, action, and approaches to challenges and opportunities. This applies across all areas of Gaelic development and it will continue to be supported in the life of this Plan.



**CO-THEACSA  
A' PHLANA SEO**

**CONTEXT FOR  
THIS PLAN**



Tha raon farsaing de cho-theacsan agus nithean a bheir buaidh air leasachadh na Gàidhlig agus sinn ag ullachadh a' Phlana seo. Tha cuid de na prìomh chothroman is dùbhlain agus gealltanasan manifesto is a' Phrògram Riaghlaidh air am mìneachadh gu h-ìosal. Tha gearr-chunntas de bhuidseat Riaghaltas na h-Alba airson na Gàidhlig ann cuideachd.

## Cothroman

- Gealltanasan an Riaghaltas a thaobh na Gàidhlig, a' gabhail a-steach frèam-obrach laghail nas treasa agus amasan airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig bho aois 3-18
- Tha a' Ghàidhlig air a leabachadh ann am poileasaidhean agus gealltanasan manifesto eile
- A' cur ris an [Fhrèam-obrach Coileanadh Nàiseanta](#) a tha a' mìneachadh luachan agus amasan Riaghaltas na h-Alba;
- Tog air agus leasaich a' mhìsneachd agus an t-solair a tha air èirigh bhon làithreachd Ghàidhlig air-loidhne
- Thèid cur ri luach, spèis agus tarraing na Gàidhlig

## Cuiridh am Plana aghaidh air na dùbhlain a tha a' cur bacadh air coileanadh na lèirsinn, mar eisimpleir:

- Buaidh COVID air coimhearsnachdan agus ionnsachadh na Gàidhlig
- Tha na goireasan, buidseadan agus daoine a tha rim faighinn airson na Gàidhlig air fuireach aig mun aon ìre ged a tha fèill air a' Ghàidhlig a' fàs
- A' lasachadh nan droch bhuidhean aig Brexit air coimhearsnachdan le ìrean àrda de dhaoine aig a bheil Gàidhlig
- Prìomhachasan eile airson tasgadh am measg nan Ùghdarrasan Poblach

## Am Prògram Riaghlaidh

Ron taghadh nàiseanta sa Chèitean 2021, chuir Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba gealltanasan susbainteach mun Ghàidhlig sa mhanifesto aca. Chaidh grunn aca sin a chur an uair sin anns a' Phrògram Riaghlaidh, a chaidh fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba san t-Sultain 2021. Tha an earran gu h-ìosal bho A fairer, greener Scotland Programme for Government 2021-22:

In developing this Plan, there are a wide range of contexts and influences which impact on Gaelic development. Some of the key opportunities and challenges, manifesto and Programme for Government commitments are set out below. As is an outline of the Scottish Government budget for Gaelic.

## Opportunities

- Government commitments for Gaelic, including a stronger legal framework and ambition for 3-18 Gaelic medium education
- Gaelic is embedded in other policies and manifesto commitments
- Contribution to [National Performance Framework](#) which sets out the values and objectives of Scottish Government;
- Build on and develop the confidence and availability that the Gaelic presence online has created
- The value, esteem and appeal of Gaelic will be increased

## The Plan will address the challenges which constrain achieving the vision, such as:

- Impact of COVID on Gaelic communities and learning
- Resources, budgets and people, available for Gaelic have remained relatively static against increasing demand for Gaelic
- Mitigating the negative impacts of Brexit on communities with high levels of Gaelic speakers
- Competing priorities for investment amongst public authorities

## Programme for Government

Prior to the national election of May 2021, the Scottish National Party made significant commitments for Gaelic in their manifesto. Many of these were then included in the Programme for Government, published by Scottish Government in September 2021. This extract below is from A fairer, greener Scotland Programme for Government 2021-22:

Tha Riaghaltas na h-Alba air rùnachadh cur ris an àireamh de dhaoine a tha a' cleachdadh agus ag ionnsachadh na Gàidhlig, agus cumaidh sinn ar taic ri foghlam, ealainean agus craoladh na Gàidhlig. Bheir sinn air adhart Bile nan Cànan Albannach tro bheatha na Pàrlamaid gus ceuman a bharrachd gus taic a chumail ris a' Ghàidhlig agus ri Scots. Nì sinn sgrùdadh cuideachd air a bhith a' cruthachadh Gàidhealtachd aithnichte, nì sinn ath-sgrùdadh air gnìomhan agus structairean Bhòrd na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil buidheann stiùiridh èifeachdach aig Alba, agus cruthaichidh sinn dòigh-obrach ro-innleachdail nàiseanta ùr a thaobh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FtG) a bhrosnaicheas cruthachadh bhun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean FtG ùra.

### **Tha gealltanasan ann am manifesto a' Phàrtaidh Uaine mar a leanas:**

#### **Cultar**

- Cùm taic ri iomadachd cànan ann an Alba
- Cùm taic ri iomairtean cultarail ann an cànanan uile na h-Alba
- Brosnaich cleachdadh na Gàidhlig, na Scots agus na Doric cho math ri cànanan nam mion-chinnidhean
- Thoir piseach air solarachadh airson na Gàidhlig aig an taigh agus ann am foghlam san àrd-sgoil agus ann am foghlam adhartach is àrd-ìre.

Bha na gealltanasan airson na Gàidhlig ann am manifesto Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba:

Tha Gàidhlig na pàirt riatanach de chultar na h-Alba agus tha sinn dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gum bi i seasmhach san àm ri teachd. Bidh sinn gu sònraichte a' cuimseachadh air lùghdachadh a' ghluasaid don Bheurla a tha a' sìor fhàs anns na coimhearsnachdan dùthchasach a tha air fhàgail.

Tha Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FtG) na phrìomh dhòigh air dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig a' soirbheachadh agus a' fàs ann an sgìrean bailteil agus dùthchail. Tha FtG aig an ìre as soirbheachail nuair a tha e na làn bhogadh Gàidhlig do sgoilearan, agus nuair as urrainn cùrsa-beatha sgoile air fad a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig.

Gus dèanamh cinnteach gu bheil FtG dha-rìribh na bhogadh bidh ro-thaobhadh san fharsaingeachd againn an aghaidh a bhith a' co-shuidheachadh sgoiltean FtG le sgoiltean tro mheadhan na Beurla.

The Scottish Government is committed to increasing the numbers using and learning Gaelic, and we will maintain our support for Gaelic education, arts and broadcasting. We will bring forward a Scottish Languages Bill over the course of the Parliament to take further steps to support the use of Gaelic and the Scots language. We will also explore the creation of a recognised Gàidhealtachd, review the functions and structures of Bòrd na Gàidhlig to ensure Scotland has an effective leadership body, and develop a new national strategic approach to Gaelic medium education (GME) which will encourage the creation of new GME primary and secondary schools.

### **The Scottish Green Party made commitments in their manifesto as follows:**

#### **Culture**

- Support Scottish language diversity
- Support cultural ventures in all the languages of Scotland
- Encourage the use of Gaelic, Scots and Doric as well as the languages of those from minority ethnic backgrounds
- Improve the provision of Gaelic language at home and in secondary, higher and further education.

The commitments for Gaelic from the Scottish National Party manifesto were:

Gaelic is an integral part of Scotland's culture and we remain committed to ensuring it has a sustainable long-term future. In particular we will have a focus on arresting the intensifying language shift in the remaining vernacular communities.

Gaelic Medium Education (GME) is a key driver for ensuring that Gaelic continues to thrive and grow in both urban and rural areas. GME education is at its most successful when it is fully immersive for pupils, and when an entire school career can be delivered through the medium of Gaelic.

To ensure that the GME experience is truly immersive we will have a general presumption against co-locating GME schools with English medium schools.

Brosnaichidh sinn cruthachadh bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean FtG ùra air feadh na h-Alba, le taic bho thasgadh gus an àireamh de thidsearan as urrainn teagasg tro mheadhan na Gàidhlig a mheudachadh. Bidh seo ag amas air an raon de chuspairean a ghabhas teagasg ann am FtG a neartachadh an dà chuid airson foghlam coitcheann farsaing agus aig ìre àrd-sgoile.

Cuiridh sinn taic ri leasachadh bun-sgoiltean FtG a bharrachd ann an Dùn Èideann agus Lodainn mar cheum cudromach a dh'ionnsaigh àrd-sgoil FtG leis fhèin a chruthachadh ann am meadhan Dhùn Èideann. Tha feum air àite meadhanach gus dèanamh cinnteach gu bheil e ruigsinneach bho phrìomh mhòr-ionadan còmh-dhail poblach gus leigeil leis an sgoil ùr neo-eisimeileach seirbheis a thoirt do sgìre Lodainn san fharsaingeachd. Tha Comhairle Baile Dhùn Èideann air conaltradh cudromach a thoirt air adhart mu sholarachadh FtG, ach nì sinn cinnteach gu bheil seo a-nis air a ghabhail a-steach ann an dòigh ro-innleachdail nàiseanta ùr. Tha seo riatanach ma tha sinn gu bhith a' faicinn nan ìrean adhartais nas luaithe a tha sinn a' sireadh airson na Gàidhlig.

Tha an galar lèir-sgaoilte air sealltainn cho cudromach agus luachmhor 's a tha e-Sgoil agus Stòrlann ann a bhith a' toirt seachad goireasan foghlaim Gàidhlig. Nì sinn cinnteach gun lean iad a' faighinn taic gus cuideachadh le foghlam sgoile, ionnsachadh inbheach, taic thidsearan agus ionnsachadh coimhearsnachd.

Gus na rùintean sin a choileanadh nì sinn cinnteach gu bheil àite Shabhal Mòr Ostaig mar ionad sàr-mhathais airson trèanadh Gàidhlig an dà chuid air aithneachadh agus a' faighinn taic, le maoinachadh sònraichte gus cùrsaichean FE/HE a thabhann tro agus airson Gàidhlig. Mar phrìomh institiud foghlaim Gàidhlig na treas ìre tha prìomh dhreuchd aig Sabhal Mòr Ostaig ann a bhith a' toirt taic do FMG aig gach ìre agus raon farsaing de dh'iomairtean coimhearsnachd Gàidhlig.

Ag ionnsachadh à Èirinn, bidh sinn cuideachd a' sgrùdadh Gàidhealtachd cànanain a chruthachadh gus ìrean comas cànanain àrdachadh agus solar barrachd sheirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig agus a' leudachadh chothroman gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean làitheil agus ann an suidheachaidhean foirmeil. Gu sònraichte, feumaidh sinn an taic shònraichte a dhèanamh seasmhach a tha ga dhèanamh comasach a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice san dachaigh agus sa choimhearsnachd.

Nì sinn ath-sgrùdadh air gnìomhan agus structaran Bòrd na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil buidheann ceannais

We will encourage the creation of new GME primary and secondary schools across Scotland, backed by investment to increase the number of teachers who can teach in the medium of Gaelic. This will be with a view to strengthening the range of subjects that can be taught in GME for both a broad general education and in the senior phase of secondary school.

We will support the development of additional GME primary schools in Edinburgh and the Lothians as an important step towards the creation of a standalone GME secondary school in central Edinburgh. A central location is necessary to ensure it is accessible from major public transport hubs to allow the new standalone school to serve the wider Lothian region. Edinburgh City Council has taken forward important engagement on GME provision, but we will ensure that this is now incorporated within a new national strategic approach. This is essential if we are to see the faster rates of progress we seek for Gaelic.

The pandemic has highlighted the importance and value of e-Sgoil and Stòrlann in making Gaelic education resources available. We will ensure they continue to be supported in order to help in school education, adult learning, teacher support and community learning.

In order to achieve these ambitions we will ensure that Sabhal Mòr Ostaig's place as a centre of excellence for the provision of Gaelic training is both recognised and supported, with dedicated funding to offer FE/HE courses through and for Gaelic. As the nation's leading third level Gaelic education institution Sabhal Mòr Ostaig has a key role in supporting GME at all levels and a wide range of Gaelic community initiatives.

We will also explore the creation of a recognised Gàidhealtachd to raise levels of language competence and the provision of more services through the medium of Gaelic and extend opportunities to use Gaelic in every-day situations and formal settings. In particular, we need to ensure specific support that makes it possible for the Gaelic language to be used more often in the home and community.

We will review the functions and structures of Bòrd na Gàidhlig to ensure Scotland has an effective leadership



èifeachdach agus lionra de bhuidhnean aig Alba airson a' Ghàidhlig a bhrosnachadh. Bidh seo a' toirt a-steach obair còmhla ris a h-uile ùghdarras agus buidheann aig a bheil dleastanas anns na h-ealain, turasachd agus dualchas gus sgrùdadh a dhèanamh air dè as urrainn dhaibh a dhèanamh gus ìrean adhartais nas luaithe a libhrigeadh don Ghàidhlig.

Bheir sinn cuideachd air adhart Bile Cànanaich na h-Alba a ghabhas tuilleadh cheumannaich gus taic a thoirt don Ghàidhlig, a bhios ag obair airson Scots agus a tha ag aithneachadh gur e comann-sòisealta ioma-chànanach a th' ann an Alba.

A bharrachd air na gealltanasan a thaobh na Gàidhlig, tha gealltanasan eile sa mhanifesto bheir buaidh air a' Ghàidhlig agus bu chòir beachdachadh orra seo. Tha iad seo a' gabhail a-steach:

- Bile Chòraichean Daonna
- Cruthaich Seirbheis Cùraim Nàiseanta
- Libhrig 100,000 dachaigh a bharrachd aig prìs ruigsinneach ro 2032
- Cuir a-steach £500 millean a bharrachd gus taic a thoirt do chosnaidhean ùra agus sgilean ùra a thoirt do dhaoine airson obraichean san àm ri teachd
- Thoir inneal do gach pàiste ann an Alba airson faighinn air-loidhne, a' toirt a-steach ceangal eadar-lìn an-asgaidh agus cuideachadh gus a chleachdadh
- Tog siostam cùram-cloinne amalaichte a bheir seachad cùram ro agus às dèidh na sgoile, fad na bliadhna, far nach pàigh na teaghlaichean as bochda dad
- Leudaichidh sinn cuideachd foghlam tràth-bhliadhnaichean an-asgaidh gu clann aois 1 agus 2, a' tòiseachadh le clann bho dhachaighean le teachd-a-steach ìosal.
- Cùmhnant Eadar-nàiseanta air Còraichean Eaconamach, Sòisealta agus Cultarach
- Seanadh Saoranach Bliadhna
- Gealladh Dhaoine Òga
- Eaconomaidh Dhùthchail na h-Alba, a' gabhail a-steach branndadh 'Sustainably Scottish', foghlam stèidhichte air fearann, ro-innleachd na mara; agus fàs ann an turasachd na mara
- Foillsich ro-innleachd bith-iomadachd ùr le plana libhrigidh 5-bliadhna, a' gabhail a-steach atharrachadh san dòigh sam bith sinn a' cleachdadh agus a' stiùireadh fearann agus an dòigh againn a thaobh a bhith a' dìon àrainnean agus eag-shiostaman.

Thar beatha a' Phlana seo, bithear a' cur fios do na daoine le uallach airson na geallaidhean sin a chruthachadh agus a chur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gum bi comhairle mun Ghàidhlig a' fiosrachadh na h-obrach sin.

body and network of organisations for the promotion of Gaelic. This will include considering working with all authorities and bodies that have functions in arts, tourism and heritage to explore what more they can do to help deliver faster rates of progress for Gaelic.

We will also bring forward a new Scottish Languages Bill which takes further steps to support Gaelic, acts on the Scots language and recognises that Scotland is a multilingual society.

In addition, to the commitments for Gaelic, there were commitments made in the Manifesto of which the impact of, and on, Gaelic should be considered. These include:

- Human Rights Bill
- Create a National Care Service
- Deliver a further 100,000 affordable homes by 2032
- Invest an additional £500million to support new jobs and reskill people for the jobs of the future
- Provide every child in Scotland with a device to get online, including a free internet connection and support to use it
- Build a wraparound childcare system providing care before and after school, all year round
- Expand free early years education to all 1- and 2-year-olds, starting with children from low income households
- International Covenant on Economic, Social and Cultural Rights
- Annual Citizens' Assembly
- Young Person's Guarantee
- Scotland's Rural Economy including Sustainably Scottish branding; land-based education; maritime strategy; and growth of marine tourism
- Publish a new biodiversity strategy underpinned by a 5-year delivery plan, including changes in the way we use and manage land and our approach to protecting habitats and ecosystems.

Over the lifetime of this Plan, representations will be made to those responsible for developing and implementing these commitments to ensure that advice on Gaelic informs that work.

## Goireasan rim faighinn

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cosg mu £29 millean air a' Ghàidhlig gach bliadhna. 'S e am buidseat ann am bliadhna ionmhais 2022/23 £29.6m (20/21 - £27.9m, 2021/22 - £31.1m). Tha seo a' gabhail a-steach £12.8m do MG ALBA, £5.679m do BnG, £4m buidseat calpa, £4.482m Sgeama nan Tabhartasan Sònraichte, £2.15m do Shabhal Mòr Ostaig, Stòrlann is eile, £0.5m do SpeakGaelic. Tha buidseat Riaghaltas na h-Alba airson foghlam agus seirbheisean poblach eile cuideachd a' cumail taic ri libhrigeadh ghnìomhan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, a bharrachd air na h-ùghdarrasan poblach aig a bheil planaichean Gàidhlig.

Tha an fhianais a' sìor fhàs mu na buannachdan farsaing do dh'eaconamaidh na h-Alba, a' cruthachadh obraichean agus bith-beò air feadh na dùthcha, a' toirt cothrom do raon farsaing de choimhearsnachdan soirbheachadh.


## Resources available

Scottish Government already commits some £29million for Gaelic annually. The budget in financial year 2022/23 is £29.6m (Spend in 20/21 - £27.9m, 21/22 - £31.1m). This comprises £12.8m MG ALBA, £5.25m BnG; £4m capital budget, £4.482m Scheme of Specific Grants, £2.15m SMO, Stòrlann and others, and £0.5m SpeakGaelic. SG budget for education and other public services also supports delivery of Gaelic-related activities, as well as those public authorities with Gaelic language plans.

The evidence continually increases about the far-reaching benefits to the Scottish economy, creating jobs and livelihoods across the country, enabling a wide range of communities to flourish.

# CO-CHOMHAIRLE AIR A' PHLANA NÀISEANTA

# NATIONAL PLAN CONSULTATION



## Co-chomhairle air a' Phlana Nàiseanta

Tha an structar a thathar a' moladh dhan Phlana Nàiseanta air a mhìneachadh gu h-àrd. Às dèidh grunn choinneamhan poblach agus tachartasan co-chomhairleachaidh, is iad seo na prìomhachasan a chaidh a chomharrachadh a bhiodh cudromach dhan Ghàidhlig san àm ri teachd. Tha iad air am mìneachadh mar Amasan, Raointean Obrach agus Gnìomhan.

Sa cho-chomhairle seo, chuirear fàilte air na beachdan agad air na h-àrd-amasan agus targaidean airson 2028 a dh'fhaodadh a bhith san ath thionndadh den Phlana Nàiseanta. Chuirear fàilte air do beachdan air na clàran ann an taobh-duilleig 8 - 12 cuideachd.

Mar a tha air a mhìneachadh ann an Lèirsinn 2023-28, is e Plana airson Alba air fad a tha seo, airson fàs agus airson togail air adhartas sna bliadhnaichean mu dheireadh agus cuidichidh aon-tachadh amasan coitcheann, raointean obrach agus gnìomhan sa Phlana seo le bhith a' coileanadh sin.

Tha e cudromach a ràdh gu soilleir gum bu chòir susbaint a' Phlana a bhith comasach air libhrigeadh agus gu bheil tuigse shoilleir ann air na bu chòir dèanamh gus an t-adhartas seo a choileanadh.

Tha e cudromach cuideachd sealltainn gu bheil na h-amasan, raointean obrach agus gnìomhan sa Phlana seo comasach air taic a chumail ri chèile agus gu bheil comas aig gach pàirt a thèid a chur air adhart luach a chur ri raointean eile de dh'obair leasachaidh na Gàidhlig.

## National Plan Consultation

The proposed structure for the National Plan is set out above. Following a number of public meetings and consultation events these are the priorities which have emerged as being important for Gaelic in future years. They have been set out as Aims, Areas of Activity and Actions.

In this consultation your views on the ambitions and targets for 2028 that could be included in the next version of the National Plan will be welcome. Your views on the tables in pages 8 - 12 will also be welcome.


As set out in the Vision for 2023-28, this is a Plan for the whole of Scotland, for growth and for building on the progress of recent years and the agreement of shared aims, areas of activity and actions in this Plan will help with the achievement of that.

It is also important to emphasise that the content of the Plan should be attainable and that it is clearly understood what needs to be done to achieve this progress.

It is also important to demonstrate that the aims, areas of activity and actions in this Plan are able to support each other and that each part pursued has the potential to add value to other areas of Gaelic development activity.



# CEISTEAN CO-CHOMHAIRLEACHAIDH CONSULTATION QUESTIONS





## Ceistean co-chomhairleachaidh

### Ceist 1:

A bheil thu den bheachd gu bheil am measgachadh as fheàrr de àrd-amasan, targaidean, amasan agus raointean obrach agus gnìomhan airson na Gàidhlig san dreachd Plana aig an àm seo, is mur a h-eile, dè bheireadh piseach air seo?

### Ceist 2:

Tha farsaingeachd àrd-amasan agus thargaidean a' stiùireadh a' Phlana. A bheil thu den bheachd gu bheil na h-àrd-amasan agus targaidean iomchaidh, no a bheil molaidhean agad airson feadhainn eile.

### Ceist 3:

Tha grunn gnìomhan ann a thaobh gach raon obrach. A bheil thu a' smaoinichadh gum bu chòir amasan sònraichte a bhith ceangailte ris na gnìomhan agus ma tha, bhiodh fàilte air na molaidhean agad air dè bu chòir a bhith ann.

### Ceist 4:

Tha dòigh-obrach fharsaing agus in-ghabhalach a thaobh brosnachadh agus taic dhan Ghàidhlig. A bheil thu a' smaoinichadh gu bheil dòigh-obrach fharsaing ceart airson na Gàidhlig aig an àm seo?

### Ceist 5:

Tha am Plana airson 's gum bi a' Ghàidhlig nas tarraingiche do dhaoine fa leth agus do theaghlaichean agus gum faicear barrachd misneachd ann an cleachdadh na Gàidhlig. Dè eile a dh'fhaodadh cuideachadh le seo nad bheachd?

### Ceist 6:

Dè eile nad bheachd a dhèanadh cinnteach gum biodh a' Ghàidhlig soirbheachail ann an Alba san àm ri teachd?

## Consultation Questions

### Question 1:

Do you think the draft Plan contains the optimum mix of ambitions, targets, aims, areas of activity and actions for Gaelic at this time or what would improve this?

### Question 2:

There are a range of ambitions and targets which set the direction of the Plan. Do you think these are the appropriate ambitions and targets or do you have suggestions for others?

### Question 3:

There are a range of actions relating to each area of activity. Do you think that specific goals should be attached to the actions and if so, your suggestions on what these should be would be welcome?

### Question 4:

The Plan takes a broad and inclusive approach to the promotion and support for Gaelic. Do you think a broad approach is the right approach for Gaelic at this time?

### Question 5:

The Plan wants to see Gaelic having a stronger appeal to individuals and families and to see an increased confidence in the use of Gaelic. What more do you think could help with this?

### Question 6:

What else do you think would ensure a promising future for Gaelic in Scotland?